



# MG 17-18

# ALBA

AITHISG BHLIADHNAIL & AITHRIS NAN CUNNTASAN  
annual report & statement of accounts





Rathad Shìphoirt  
Steòrnabagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2SD

27 Ògmhios 2018

Morair Burns  
Cathraiche  
Ofcom  
Taigh Riverside  
2A Rathad Southwark Bridge  
LUNNAINN  
SE1 9HA

A Mhorair Burns, a charaid

### *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan*

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnail Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2018.

**Magaidh Choineagan**  
CATHRAICHE

Seaforth Road  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2SD

27 June 2018

Lord Burns  
Chairman  
Ofcom  
Riverside House  
2A Southwark Bridge Road  
LONDON  
SE1 9HA

A Mhorair Burns, a charaid

### *Aithisg Bhliadhnail & Aithris nan Cunntasan*

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2018.

**Maggie Cunningham**  
CHAIRPERSON





2

# CLÀR-INNSE

CONTENTS

- 
- 04** **LÈIRSINN**  
Vision
- 05** **RÙN**  
Mission
- 08** **TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE**  
Chairperson's message
- 12** **LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR**  
Chief Executive's review
- 18** **LÈIRMHEAS AIR GNÌOMHAN & GNOTHAICHEAN**  
Activities & business review
- 26** **AMASAN & TORAIDHEAN**  
Objectives & outcomes
- 30** **LÈIRMHEAS AIR BBC ALBA AGUS MEADHANAN GÀIDHLIG EILE ANN AN ALBA**  
A review of BBC ALBA and other Gaelic media in Scotland
- 36** **LÈIRMHEAS AIR LEASACHADH**  
Development review
- 50** **AITHRIS RIAGHLAIDH**  
Governance statement
- 58** **CUNNTASAN AIRSON NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2018**  
Accounts for the year ended 31 March 2018
- 90** **TUILLEADH FIOSRACHAIDH**  
Additional information
- 92** **LUCHD-OBRACH**  
Staff
- 94** **BUILL A' BHÙIRD**  
Board Members
- 96** **COMHAIRLICHEAN & FIOS THUGAINN**  
Advisors & contact details



# LÈIRSINN

Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad is farsaing airson obair chruthachail, ùr-ghnàthach agus den ìre as àirde

That Gaelic media is recognised universally for creativity, innovation and the highest standards

## VISION

4



2

Geallaidh sinn spionnadh  
agus brosnachadh a thoirt tron  
Ghàidhlig agus tro na Meadhanan

Our promise is to inspire and encourage through Gaelic and Media

---

A' toirt Gàidhlig thugaibh

Bringing Gaelic to you

RÙN

5



MISSION





3



4

**A' cur fòcas air prògraman a tha nas bragail agus aig am bi an comas a bhith a' tàladh luchd-amhairc nas òige**



5







*Maggie Chinnage.*



# TEACHAIREACHD

## Chairperson's message

# A' CHATHRAICHE

Tha MG ALBA – Seirbheis Meadhanan Gàidhlig na h-Alba – agus an luchd-obrach air fad air obrachadh gu cruaidh sa bhliadhna a dh'fhalbh gus dèanamh cinnteach gun tèid leantainn air adhart a' craoladh raon farsaing de phrògraman aig àrd ìre ann an Gàidhlig air BBC ALBA. Tha sinn air seo a dhèanamh a dh'aindeoin ìsleachadh ann an luach ar buidseat agus ann an àrainneachd craolaidh a tha ag atharrachadh agus a tha dùbhlach. A' coimiseanadh raon de phrògraman ùra bho thàlant chruthachail na h-Alba, tha sinn air a bhith innleachdach an cois co-bhanntachd a' BhBC air susbaint air leth a lìbhrigeadh do phrìomh luchd-cleachdaidh BBC ALBA agus do mhòran eile air feadh Alba.

Coltach ri iomadach seanail loidhneach eile, tha dùbhlain sònraichte aig BBC ALBA. Tha luchd-amhairc fo aois 45 a' coimhead nas lugha telebhisean agus tha seo cho fìor airson luchd-amhairc na Gàidhlig 's a tha e airson luchd-amhairc eile. Tha an dùbhlain seo nas duilghe buileach do BhBC ALBA ri linn 's gu bheil cuingealachaidhean maoineachaidh a' cur bacadh air an àireamh de phrògraman ùra a tha air an t-seanail, a' ciallachadh pàtran de dh'ath-chraoladh a tha a-nis an ìre mhath neo-sheasmhach.

Ach, tha adhbharan dòchais ann. Chan eile nàire sam bith oirnn a bhith a' cur fòcas air ar luchd-amhairc òga agus tha sinn a làn chreidsinn le bhith nas èifeachdaich agus le bharrachd stuth air ùrlaran didseatach gu bheil sinn a' leasachadh seirbheis a tha feumail is misneachail do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig. 'S e sin ar prìomh amas.

MG ALBA – Scotland's Gaelic Media Service - and all its staff have worked hard over the past year to ensure the continued broadcasting of a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic on BBC ALBA. We have done so despite an unfortunate trend of real terms decline in our budget and in a changing and challenging media environment. Commissioning a range of new programmes from Scotland's array of creative talent, we have nonetheless ensured that our partnership with the BBC has delivered excellent content to BBC ALBA's core audience and to many other viewers in Scotland.

In common with many other linear channels, BBC ALBA itself continues to face particular challenges. Linear media consumption for audiences under 45 is reducing and this is as true for the Gaelic audience as it is for others. This challenge is compounded for BBC ALBA because funding constraints continue to limit the channel's number of first-run hours and therefore force a repeat pattern which is becoming unsustainable.

However, there are reasons for optimism. We are unashamedly focusing on younger audiences and believe that effective targeting and a stronger presence on digital platforms has enabled our content to remain relevant, useful and inspiring for the Gaelic audience. This is our core purpose.

Tha ioma cothrom an lùib seanail ùr a' BhBC, BBC Scotland, agus aig an ìre seo, tha ar coimiseanairean ag obair gu dlùth leis a' BhBC gus dèanamh cinnteach gu bheil co-obrachadh ann a bheir leasachadh air seirbheis do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig fhad 's a tha roghainnean agus luach a bharrachd aig muinntir Alba gu lèir.

Tha mòran adhbharan dòchais am measg nam meadhanan chruthachail. Tha stèidheachadh Aonad Sgrion airson Alba le buidseat bliadhnaile de £20m agus seanail ùr a' BhBC le buidseat bliadhnaile de thimcheall air £30m na phiseach chudromach airson na roinne, a thuilleadh air gealladh bhon BhBC agus bho Seanail 4 leudachadh air na thathar a' dèanamh de phrògraman ann an Alba airson a' chòrr den Rìoghachd Aonaichte.

Tha na tha MG ALBA a' cur ris an roinn chruthachail glè chudromach. Le BBC ALBA an urra ri cha mhòr leth de na h-uairean a thide a thathas a' craoladh bho chompanaidhean neo-eisimeileach tha MG ALBA a' cur gu mòr ri leasachadh na roinne agus cumaidh sinn a' co-obrachadh le Alba Chruthachail agus na buidhnean leasachaidh agus trèanadh gus tàlant cruthachail, àrach a bhios maireannach is cho math 's a th' air feadh an t-saoghail.

10 Tha ar taic phractaigeach agus bhrosnachail do mhòran de ar companaidhean neo-eisimeileach gus co-riochdaidhean eadar-nàiseanta a shireadh air luach a bharrachd air £4m a thoirt gu ar luchd-cleachdaidh. 'S e soirbheas sònraichte a tha seo airson gnìomhachasan cruthachail beaga a tha ag obrachadh ann an dòigh innleachdach agus ùr-ghnàthach an dà chuid gu h-ionadail agus gu cruinneil.

'S e a bhith feumail is tlachdmhor do ar luchd-cleachdaidh ar prìomh amas. Tha sinn air a dhol ri dùbhlann a bhith tlachdmhor do luchd-cleachdaidh fo aois 45 - far a bheil beairteas is lìonmhorachd de stuth ri fhaighinn air iomadh inneal - le dhol an sàs ann a bhith a' cruthachadh stuthan a tha nas dàine, tuilleadh obrach air comadaidh agus dràma, brosnachadh agus trèanadh de sgrìobhadairean ùra le com-pàirtichean leithid Writers' Room a' BhBC agus feadhainn eile, agus cuideachd le bhith a' cur fòcas air stuthan goirid, èibhinn air na meadhanan sòisealta.

Chòrd am prògram-aithris **Ceathrar air a' Chuiltheann**, sgeulachd cheathrar dheugairearan a' toirt ionnsaigh air a' Bhinnean Do-Ruigsinneach, gu mòr ris an luchd-amhairc agus bha e air leth tlachdmhor **Sùlaisgeir**, an sàr phrògram-aithris mu shealgairean a' ghuga, aithne fhaighinn aig Fèis TBh Eadar-nàiseanta Chicago agus **Eòrpa Special – Guantanamo Detainees** a' buannachadh a' phrògram Cùisean Làitheil As Fheàrr aig Duaisean BAFTA Alba 2017.

The planned new BBC channel, BBC Scotland, affords many opportunities and, at this early stage, our commissioners are working closely with BBC colleagues to ensure complementarity and a mutual commitment to increase the service to our Gaelic audience as well as providing greater choice and value to the people of Scotland.

There is much to be optimistic about in the creative industries. The setting up of a Screen Unit for Scotland with an annual budget of £20m and the proposed new BBC Channel with an annual budget of around £30m is an important boost for the sector along with commitments from the BBC and Channel 4 to increase network spend in Scotland.

MG ALBA's contribution to the sector remains significant, with BBC ALBA accounting for around 50% of independently produced hours for audiences in Scotland. MG ALBA has an important role to play in the sector's development and we will continue to work alongside Creative Scotland and the development and training agencies to foster creativity, sustainability and world-class talent.

Our practical support and encouragement for many of our independent production companies to seek international co-productions is currently forecast to bring additional value of over £4m to our audiences. This is a remarkable achievement by small creative businesses who operate in a creative and innovative manner both locally and globally.

All of this work is in the service of our audience. The challenges of serving the under-45 audience in an ever-expanding plethora of content, has been met by bolder content, a bigger commitment to comedy and drama, encouraging and training new writers with partners such as the BBC Writers' Room and others and also by focusing on targeted shorter and pithier content on social media.

The documentary, **Ceathrar air a' Chuiltheann**, the story of four teenagers' quest to conquer the most challenging climb, The Inaccessible Pinnacle, was a great audience success and it was very rewarding to see **Sùlaisgeir**, the acclaimed documentary on the guga hunters, achieve international recognition at the Chicago International TV Festival, and **Eòrpa Special – Guantanamo Detainees**, winning Best Current Affairs programme at the BAFTA Scotland Awards 2017.



Tha ar dealas a thaobh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' leantainn le prìomhachas nas motha ga thoirt do LearnGaelic.scot. Tha sinn ag obair gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig agus feadhainn eile gus dèanamh cinnteach gu bheil na goireasan airson an iomadh neach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig ioma-chuimseach agus co-aimsireil. 'S fhada bho bha feum air prògram ionnsachaidh Gàidhlig airson na 21<sup>mh</sup> linn agus tha sinn ag obair le raon farsaing de chom-pàirtichean ann an oidhirp sin a choileanadh.

Tha fìor dheagh thoradh ri fhaicinn anns an obair gus daoine òga le comas-labhairt na Gàidhlig a bhrosnachadh gus a bhith a' cruthachadh stuthan-mheadhain. B' e seo a' bhliadhna a b' fheàrr fhathast airson feabhas agus àireamh fhilmichean goirid FilmG. Bha a' mhisneachd agus an tàlant an lùib nam filmichean gu h-àraidh làidir am-bliadhna, le deugairean le Gàidhlig comasach agus deònach aghaidh a chuir air cuid de na cuspairean as dùbhlanaiche nar saoghal, a thuilleadh air a bhith a' sealltainn gu bheil àbhachdas dha-rìribh beò ann an coimhearsnachd dhualchasach na Gàidhlig.

Tha sinn air cur ri co-chomhairleachadh Ofcom mu uallach reachdail ùr a thaobh a' BhBC. Tha sinn air togail air cho cudromach 's a tha e soilleireachadh a dhèanamh air na targaidean airson BBC ALBA, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad brìgheil agus gu bheil iad a' leantainn ri bhith a' cur ri feumalachd is tlachd an luchd-amhairc. Tha sinn den bheachd gu bheil fhathast dìth cothromachd ann eadar dealas a' BhBC a thaobh S4C agus BBC ALBA. Tha sinn gu làidir den bheachd gum bu chòir don BhBC poileasaidh soilleir a nochdadh do mhion-chànain air feadh na RA agus, mar phàirt den sin dèanamh cinnteach gu bheil cothromachd nas motha ann eadar na thathas a' cosg den chis-chraolaidh air S4C agus BBC ALBA.

Tha soirbheas BBC ALBA an urra gu mòr ri dìcheall, sgìil agus obair chruaidh an luchd-obrach againn fhèin agus an iomadh companaidh neo-eisimeileach agus luchd-dèanamh phrògraman a' BhBC. Tha mi fada nan comainn airson an t-seirbheis a tha iad a' toirt dhar luchd-cleachdaidh agus dhan t-seanail. Tha mi cuideachd taingeil airson an obair ionmholta a tha sàs anns na raointean cudromach eile leithid FilmG agus LearnGaelic.

Tha mi cuideachd gu mòr an eisimeil Bòrd MG ALBA airson an cuid ghliocais, eòlais agus airson sàr obair.

Ceud mìle taing dhuibh uile.

**MAGAIDH CHOINEAGAN | CATHRAICHE**

Our commitment to learners of Gaelic continues with greater priority given to LearnGaelic.scot. We are working closely with Bòrd na Gàidhlig and others to ensure the provision for the many who are engaged in learning Gaelic is comprehensive and contemporary. The need for a 21<sup>st</sup> Century Gaelic learning programme is long overdue, and we are engaging with a range of partners in a bid to make that happen.

Our commitment to encourage young Gaelic speakers to create media is bearing great results. The quality and quantity of short film entries for FilmG was the best to date. The confidence and talent involved in producing the films was particularly significant this year with Gaelic youth able and willing to tackle some of the most challenging issues in our society as well as highlighting that great humour is alive and kicking in our Gaelic heartland.

We have contributed to Ofcom's consultations on its new regulatory responsibility regarding the BBC. We have highlighted the importance of having clarity regarding the targets for BBC ALBA, ensuring they are meaningful and continue to enhance the audience experience. We believe there is still a lack of parity between the BBC's commitment to S4C and BBC ALBA. We continue to argue that the BBC should develop a clear policy for and commitment to minority languages across the UK and, as part of that ensure there is greater parity between licence fee spend on S4C and BBC ALBA.

The success of BBC ALBA depends on great dedication, skill and hard work from our own staff and the many independent companies and BBC programme makers who deliver our content. I am very grateful to all of them for their important contribution to the channel and to the audience as well as the other important areas such as FilmG and LearnGaelic.

I am also much indebted to the wisdom, expertise and commitment of the Board of MG ALBA.

Ceud mìle taing dhuibh uile.

**MAGGIE CUNNINGHAM | CHAIRPERSON**

A portrait of Ian MacFàrula, the Chief Executive, wearing a dark blazer over a light-colored shirt and glasses. He is looking slightly to the right of the camera with a neutral expression.

*Ian MacFàrula*

# LÈIRMHEAS AN ÀRD- OIFIGEIR

Chief Executive's review



## FOIR-SHEALLADH

B' e bliadhna dhùbhlanaich do MG ALBA a bha ann an 2017-18 ach bha cuideachd comharran gealltanais ann.

Ged a chùim an àireamh de luchd-amhairc a bha a' coimhead an t-seirbheis telebhisein air a' dol sìos, mheudaich còrdadh agus mothachadh air an t-seirbheis. Bha an lùghdachadh san àireamh a bha a' coimhead an telebhisein na bu nochte a thaobh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig san raon aois 16-44.

Mar fhreagairt air sin, chruthaich sinn san Iuchair 2017 Aonad Didseatach, a' tarraing luchd-obrach còmhla le ro-innleachd dhealasach gus daoine òga a chur an sàs ann an susbaint Gàidhlig air telebhisean, air innealan agus air ùrlaran neo-thbh. Tha tràth shoirbheasan agus fàilligidhean a' cuideachadh ann a bhith a' togail an àirde gu luath eòlas agus fiosrachadh, agus tha sinn misneachail gum bi e comasach dhuinn ruighinn a-mach chun raon aoise sin, as lugha a tha a' cleachdadh na seanail loidhneach leis an ro-innleachd ùr dhidseatach againn.

Aig an aon àm, tha sinn a' cur fòcas air a bhith a' tabhann air BBC ALBA susbaint phrògraman a tha nas bragail, nas soilleir agus air a shanasachd nas fheàrr agus aig am bi an comas a bhith a' tàladh luchd-amhairc nas òige. Chuidich seo ann a bhith a' lìbhrigeadh seusan Nollaig làidir air BBC ALBA, far an do ràinig àireamh an luchd-amhairc aois 16-44 rè ùine nan ìrean aig an robh iad ann an 2014, a' cruthachadh mhisneachd ann an susbaint na seanail agus mar a tha sin a' freagairt gu leantainneach ri suidheachadh a tha a' sìor fhàs nas briste agus nas fharpaisich.

An dèidh prògram leasachaidh ioma-bhliadhna, chrìochnaich sinn san Iuchair 2017, an gluasad gu àrainn stèidhichte air faidhle Àrd Dheifinisean (HD). Bha àite mòr aig ar luchd-obrach sa Chom-pàrteachas Saothrachaidh Dhidseataich (DPP) air feadh na RA agus sna ro-innleachdan a bha na chois agus, le bhith a' faotainn comas ceangail earbsach agus aig astar luath, tha e comasach do MG ALBA a-nis a bhith ag obair gu furasta le ar com-pàirtichean aig a' BhBC air pròiseactan ro-roinnte le riochdairean agus craoladairean air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach an Aonadh Craolaidh Eòrpaich o chionn ghoirid.

## MAOINEACHADH

Tha an nàdar cuingealaichte dhoirbh a tha air buidseat susbaint bhliadhnail BBC ALBA – mu £11m bho MG ALBA agus eadar £6m agus £7m bhon BhBC – a' leantainn air a bhith na bhacadh mòr air a bhith a' dèiligeadh ri na dùbhlain a tha ron t-seanail. Chan eil maoineachadh BBC ALBA ach a' ceadachadh 1.8 uair de shusbaint ùr gach là agus chan eil e comasach maoin gu leòr a chur ri prìomh ghnèithean leithid ionnsachadh, clann, dràma agus comadaidh. A bharrachd air a sin, chan eil an t-seanail ri faotainn ach air Deifinisean

## OVERVIEW

2017-18 was a challenging year for MG ALBA but there were also some signs of promise.

While the weekly reach of the television service continued its recent downward trend, viewer appreciation and awareness increased. The fall in television reach was most noticeable amongst users of Gaelic in the 16-44 demographic.

In response we created, in July 2017, a Digital Hub, drawing colleagues together in a concerted strategy to engage younger media consumers with Gaelic content on television, on devices and on non-TV platforms. Early successes and failures are helping to rapidly build up experience and knowledge, and we are confident in the promise of our new digital strategy to reach and engage that demographic who least use the linear channel.

At the same time, we are focused on offering bolder, clearer and better-promoted content propositions on BBC ALBA that have the potential to draw younger audiences. This helped to deliver a strong festive season performance for BBC ALBA, which saw the 16-44 core audience temporarily return to 2014 levels, creating confidence in the channel's content and its ongoing relevance even in the face of an increasingly fragmented and competitive landscape.

Following a multi-year upgrade programme, we completed, in July 2017, the successful transition to a fully High Definition (HD), file-based environment. Our staff played a key role in the UK-wide Digital Production Partnership (DPP) and related initiatives and, with the acquisition of reliable and high-speed connectivity, MG ALBA is now able to work seamlessly with our BBC partners and on shared projects with producers and broadcasters throughout the UK and internationally, including most recently the European Broadcasting Union.

## FUNDING

The seriously constrained nature of BBC ALBA's annual content budget – around £11m from MG ALBA and between £6m and £7m from the BBC – continued to act as a serious barrier to addressing the challenges facing the channel. BBC ALBA's funding only allows for 1.8 hours of first-run content per day and is not able to invest sufficiently in key genres such as learning, children's, drama and comedy. Moreover, the channel is only available in Standard Definition (SD), which is increasingly problematic for a broadcaster of

Coitcheann (SD), suidheachadh tha a' sìor fhàs doirbh do chraoladair spòrs aig àm an uair a tha seanailean seirbheis phoblach eile rim faotainn ann an HD. Tha an uireasbhaidh san t-seirbheis air a chur am follais leis an t-seanail ùir (BBC Scotland) a tha san amhairc, aig am bi buidseat phrògraman de £32.3m agus a bhios air a chraoladh ann an HD. Às aonais tuilleadh maoin eachaidh cha bhi e comasach dèiligeadh ris an dìth mhòr a tha ann a thaobh libhrigeadh susbaint agus seirbheis ann an dòigh òrdail.

A dh'aindeoin sin, thug tuilleadh maoin bho Riaghaltas na h-Alba agus teachd-a-steach bho ghòireasan agus prògraman, cothrom do MG ALBA £700k a bharrachd na bha sa bhuidseat againn a thasgadh ann am prògramadh ann an 2017-18, a' gabhail a-steach dealas àrd-amasach a thaobh comadaidh ùir, dàimheil agus tarraingeach air TBh agus air-loidhne nas fhaide air adhart ann an 2018.

Tha pasgan co-riochdachaidh de mu £5m, le còrr air £4m dheth air a mhaoineachadh le com-pàirtichean, mar fhianais air cruth-atharrachadh ionmhasail, cruthachail agus ro-innleachdail. Tha fàs anns an àireamh de sruthan maoin agus fàs anns na buadhan cruthachail a tha mòran de na riochdairean neo-eisimeileach againn a' leantainn, gu soirbheachail a' neartachadh na roinne agus a' toirt air adhart an tairgse a tha sinn a' toirt do ar luchd-amhairc. Tha sinn an làn bheachd gum bi an t-Aonad Sgrion ùir aig Alba Chruthachail, a chaidh a stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba ann an 2017-18, a' toirt taic do agus a' leudachadh a' chuspair seo còmhla rinn.

Gheibhear tuilleadh conaltraidh mu mhaoineachadh BBC ALBA san Lèirmheas mu Ghnìomhan agus Ghnothaichean.

## AMASAN

Bha grunnan shoirbheachasan ainmeil ann tron bhliadhna. Chaidh na h-amasan ionmhasail agus obrachail air fad a choileanadh, bha FilmG agus LearnGaelic air an coileanadh gu làidir agus chunnaic sinn meudachadh san dol an sàs sna meadhanan sòisealta, a' leudachadh mothachadh agus aonta a thaobh BBC ALBA agus ruigse TBh air feadh Alba gach seachdain a bha os cionn an amais a bha againn de 10%.

Ged a bha sinn air ar misneachadh a bhith a' faicinn còrr air 1m neach ag amharc susbaint air ùrlaran didseatach eile, bha e na bhriseadh dùil dhuinn nach do ràinig na seallaidhean air iPlayer ar n-amas de 5m agus gun do sheitlig ruigse seachdainneach aig BBC ALBA aig ìre a bha fo ar targaid de 70%. B' e meudachadh sa cho-fharpais air an iPlayer agus lùghdachadh san luchd-amhairc air TBh san raon aoise 16-44 na prìomh chùisean. Tha e a' sìor fhàs nas soilleir gu feum luchd-amhairc òg an t-susbaint fhaighinn air na h-ùrlaran didseatach as fheàrr leotha agus gu feum seo a bhith air a shanasachd dhaibh, agus gu feum e a bhith air a lorg gu furasta leotha. Is e dùbhlain mhòra a tha sin a tha ron t-seirbheis telebhisein poblach air fad.

sports output at a time when other public service channels are now available in HD. The gap in service provision is illuminated by the proposed new BBC Scotland channel which will enjoy a content budget of £32.3m and carriage in HD. Without additional funding it will not be possible to address the significant content and service provision deficiencies in a planned way.

Nevertheless, additional Scottish Government funding and income from facilities and programmes allowed MG ALBA to invest £700k more in programming in 2017-18 than we had budgeted, including an ambitious commitment to new, engaging and attractive TV and online comedy for later in 2018.

A co-production portfolio of some £5m, of which over £4m is funded by partners, represents a breakthrough in financial, creative and strategic terms. The diversification of revenue streams and creative influences which many of our independent producers are pursuing is serving to strengthen our sector and improve our offer to viewers. We fully expect Creative Scotland's new Screen Unit, established by the Scottish Government in 2017-18, to support and grow this activity with us.

Further discussion on the funding of BBC ALBA can be found in the Activities and Business Review.

## OBJECTIVES

There were some notable successes during the year. Financial and operational goals were all met, FilmG and LearnGaelic performed strongly and we saw increasing engagement on social media, increasing awareness and approval of BBC ALBA and a Scotland-wide weekly TV reach that exceeded our benchmark target of 10%.

Although we were encouraged to see well over 1m content views on other digital platforms, iPlayer viewings did not reach our ambition of 5m and the weekly reach of BBC ALBA among the core audience settled below our target of 70%. Increased competition on the iPlayer and a decrease in TV viewership by the 16-44 age group were the key factors. It is increasingly clear that younger viewers need to find content on the digital platforms which they prefer and that it must be both vigorously promoted to, and easily discoverable by, them. These are significant challenges being faced by the whole of public service television.



Cha do choinnich sinn ar n-amas a bhith a' meudachadh gu mòr na h-uairean de phrògraman ùra air BBC ALBA. Ann an 2017-18, chraol BBC ALBA 1.8 uairean gach là, sa chumantas, de shusbaint ùr, le 60% air a sholair le MG ALBA.

Gu mì-fhortanach, chan eil susbaint telebhisean Gàidhlig BBC ALBA fhathast ri fhaotainn taobh a-muigh na RA. Tha seo fhathast na amas nach deach a choileanadh agus thèid dèiligeadh ris sa bhliadhna a tha romhainn.

## ATHARRACHAIDHEAN ANN AN ÀRAINN NAM MEADHANAN

Tha an t-atharrachadh a tha na teicneòlasan ùra agus na branndan neo-loidhneach air a thoirt air craoladh a' toirt buaidh air meadhanan nam mion-chànain cho mòr, no as dòcha nas motha, na tha air seirbheisean craolaidh na Beurla. Tha e riatanach gun lorg susbaint nam meadhanan Gàidhlig àite fhèin san àrainn seo. Tha seirbheisean telebhisein phoblach a' mealtainn àite cudromach sna sreathan sheanailean eileagtronaigeach le BBC ALBA aig àireamh seanail 7 air Freeview ann an Alba, ach chan eil susbaint seirbheis phoblach san raon neo-loidhneach a' mealtainn a leithid de dh'àite. Leanaidh sinn oirnn a' brosnachadh an riaghladair agus an Riaghaltas gus a bhith a' stèidheachadh inbhean cudromach airson susbaint seirbheis phoblach air innealan agus air ùrlaran neo-loidhneach, gus am bi e nas fhasa susbaint meadhanan Gàidhlig a lorg.

San raon neo-loidhneach seo, tha e na adhbhar brosnachaidh gu bheil FilmG, a tha air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Cànán Graphics Studio, a' leantainn air a bhith cho soirbheachail. Bha na Duaisean, airson a' chiad uair, air an sealltainn do luchd-amhairc TBh air BBC ALBA, a' toirt fianais air fàs sna sgìlean cruthachail, tàlant agus misneachd air-sgrion aig daoine òga le Gàidhlig thar Alba air fad.

Tha e buailteach gum bi an t-seanail ùr BBC Scotland a' tarraing feadhainn a tha an-dràsta ag amharc BBC ALBA. Tha e na thùs amas dhuinne gum bi am BBC agus Ofcom a' dèanamh cinnteach nach toir an seanail ùr droch bhuaidh air luach BBC ALBA, agus gun cruthaich an fhreàm-obrach riaghailteach na suidheachaidhean gus am fàs an dà sheanail an luchd-amhairc agus an luach poblach de sheirbheis phoblach craolaidh ann an Alba.

## SÙIL AIR ADHART 2018-19

Leanaidh na h-atharrachaidhean bunaiteach a tha an gnìomhachas telebhisein a' mealtainn. A dh'aindeoin sin, tha MG ALBA fhathast a' coimhead ris an t-àm ri teachd le misneachd, stèidhichte air an fhianais gu bheil mòran iarrtas ann airson stuth nam meadhanan Gàidhlig agus gu bheil comharran ann gu bheil na ro-innleachdan againn ag

We did not meet our objective of significantly increasing the hours per day of first-run programming on BBC ALBA. In 2017-18, BBC ALBA broadcast 1.8 hours per day, on average, of new content, of which 60% was provided by MG ALBA.

BBC ALBA's Gaelic television content is still, unfortunately, not available outside the UK. This remains an unfulfilled objective which we will address in the coming year.

## CHANGES IN MEDIA LANDSCAPE

The disruption caused to broadcasting by new technologies and non-linear brands affects minority language media as much, if not more, than English language broadcasting services. It is essential that Gaelic media content finds its place in this landscape. Public service television enjoys prominence in channel line-ups, with BBC ALBA being in the channel 7 slot on the Freeview EPG in Scotland, but public service content in the non-linear domain enjoys no such prominence. We will continue to encourage the regulator and Government to establish prominence standards for public service content on devices and non-linear platforms, so that Gaelic media content can be made more discoverable.

In this non-linear domain, it is encouraging that FilmG, which is delivered in partnership with Cànán Graphics Studio, continues to be such a success. The Awards were, for the first time, shown to TV audiences on BBC ALBA, evidencing a wider audience growth in the creative skills, talent and on-screen confidence of younger users of Gaelic across the whole of Scotland.

The proposed new BBC channel for Scotland is likely to be attractive to existing BBC ALBA viewers. It is a priority for us that the BBC and Ofcom ensure that the new channel will not negatively impact the value of BBC ALBA, and that the regulatory framework will create the conditions for both channels to grow the combined audience and public value of public service broadcasting in Scotland.

## OUTLOOK 2018-19

The disruption being experienced by the TV industry will continue. Nevertheless, MG ALBA continues to face the future with confidence, based on the knowledge that there is strong demand for Gaelic media product and signs of promise that our strategies are working. Increasing focus on partnerships and project collaborations with the new BBC Scotland

obair. Bidh tuilleadh fòcas air com-pàirteachasan agus co-obrachadh air pròiseactan le seanail ùr BBC Scotland, Aonad Sgrion ùr Alba Chruthachail, buidhnean sgrion, sgilean, cànan agus eaconamach agus, gu sònraichte, roinn nam meadhanan chruthachail, nam pàirt mhòr den t-sealladh sin.

Tha sinn a' cumail oirnn a' mealtainn taic làidir bho ar maoinichair, Riaghaltas na h-Alba, le airgead air a ghealtainn gu Màrt 2019, agus air a' bhunait seo tha sinn a' gabhail nan ceumannan riatanach gus na builean san lèirsinn againn, Lèirsinn 2021 a choileanadh. Cuiridh sinn cudrom sònraichte air a bhith a' leasachadh solair dhaoine òga, clann agus luchd-ionnsachaidh, ag àrach tàlant sgrìobhaidh agus a' leantainn oirnn ag eadar-nàiseanachadh ar roinn chruthachail.

## TAING

Bu mhath leam taing a thoirt do luchd-obrach agus do bhòrd MG ALBA airson an dlùseachd agus an dìcheall. Tha iad an còmhnaidh àrd-amasach agus air leth taiceil. Am-bliadhna dh'obraich mòran den sgioba againn uairean fada, cruaidh ann a bhith a' libhrigeadh na seanail air fad ann an cruth fhaidhleachan, gu h-àraidh san dàrna leth de 2017, agus tha mòran an urra riutha-san airson na chaidh a libhrigeadh air BBC ALBA ann an deagh thìde, agus de dh'àrd-chàileachd.

Tha sinn a' leantainn oirnn a' faighinn buannachd bho chom-pàirteachas sàr-mhath agus torrach leis a' BhBC agus tha

channel, Creative Scotland's new Screen Unit, screen, skills, language and economic agencies and, of course, the creative media sector, will form a key part of that outlook.

We continue to enjoy strong support from our funder, the Scottish Government, with committed funding to March 2019 and on this basis are taking the necessary steps towards the fulfilment of the outcomes set out in our vision, Lèirsinn 2021. We will place particular emphasis on improving provision for young people, children and learners, fostering writing talent and continuing to internationalise our creative sector.

## THANKS

I would like to thank the staff and board of MG ALBA for their unstinting loyalty and dedication. They are always highly ambitious and highly supportive. This year many of our staff worked exceedingly long, hard hours in fully file-based channel delivery, particularly in the second half of 2017, and much credit for BBC ALBA's on-time, high quality delivery is due to them.

We continue to benefit from an excellent and productive partnership with the BBC and we extend our deep

**Tha mòran  
adhbharan  
dòchais am measg  
nam meadhanan  
chruthachail**

sinn air leth taingeil do luchd-obrach a' BhBC air fad a tha ann an com-pàirteachas leinn.

Tha am misneachadh a tha sinn air fhaighinn bho na ministearan agus na searbhantan sìobhalta aig Riaghaltas na h-Alba air leth cudromach dhuinn, agus tha sinn glè thaingeil airson an taic a tha iad air a thoirt dhuinn san ùine fhada.

Bidh sinn ag obair còmhla ri mòran bhuidhnean ann an co-chòrdaidhean torrach, agus tha sinn a' toirt taing dhaibh uile. Tha iad sin a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Comhairle nan Leabhraichean, Sabhal Mòr Ostaig, Leasachadh Sgìlean Alba, roinnean oilthighean Ghlaschu, Dhùn Èideann agus Obar Dheathain, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Iomairt na h-Alba, Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta, agus Co-chòrdadh Riochdairean Cinema agus Telebhisean.

Mu dheireadh, tha sinn gu mòr an urra ris a' choimhearsnachd air leth cruthachail a bhios a' dèanamh ar prògraman Gàidhlig agus tha sinn airson taing a thoirt dhan h-uile neach a tha ag obair air cùl no air beulaibh an sgrion airson an obair chruaidh anns am bi iad an sàs, an dilseachd, an tàlant agus am proifeiseantachd.

Tha luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh nam meadhanan Gàidhlig aig cridhe na cùise: is e urram a tha ann dhuinne a bhith gur frithealadh air fad.

appreciation to all BBC staff engaged in partnership with us.

The encouragement we have received from both ministers and civil servants at the Scottish Government is hugely important for us, and we are very grateful for their long-term support.

We work with many other bodies in productive alliances, and we thank them all. They include Bòrd na Gàidhlig, Creative Scotland, Comhairle nan Leabhraichean, Sabhal Mòr Ostaig, Skills Development Scotland, the Celtic departments of Glasgow, Edinburgh and Aberdeen universities, Highlands and Islands Enterprise, Scottish Enterprise, Scottish Development International and the Producers Alliance for Cinema and Television.

Finally, we are completely indebted to the highly creative community who make our Gaelic programmes and we thank each and every person who works off-screen or appears on-screen for their hard work, dedication, talent and professionalism.

Viewers and users of Gaelic media are at the heart of what we are about: it is a privilege for us to be able to serve each and every one of you.

## **DÒMHNALL CAIMBEUL | ÀRD-OIFIGEAR**

## **DONALD CAMPBELL | CHIEF EXECUTIVE**

17

*B' e naidheachd dhuilich a bha ann gun do bhàsaich Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain, a bha mar Leas-Stiùiriche eadar 1997 agus 2006. Choilean e mòran airson na Gàidhlig agus dh'fhàg e dìleab phrìseil. "Gàidhealtachd mhòr gad chaoidh, fhir uasail, dhàimheil, chòir".*

*In August 2017 we received the sad news that John Alick MacPherson, Depute Director from 1997 to 2006, had passed away. John Alick achieved an immense amount for Gaelic and leaves a wonderful legacy. We will miss him.*





# L'ÉIRMHEAS AIR

18



# GNIÒMHAAN & GNOTHAICHEAN <sup>19</sup>

**ACTIVITIES & BUSINESS REVIEW**



'S e dleastanas MG ALBA dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig rim factainn airson dhaoine ann an Alba.

Tha MG ALBA a' coileanadh a dhleastanas gu ìre mhòr tro BhBC ALBA, an t-seirbheis telebhisein agus ioma-mheadhain Gàidhlig a tha e a' ruith ann an co-bhanntachd leis a' BhBC. Tha aonta laghail eadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus na stòrasan a chuireas gach buidheann ris a' phròiseact. Tha a' cho-bhanntachd seo air a stiùireadh le Bòrd na Co-bhanntachd le Àrd-Oifigear MG ALBA sa chathair.

## AM BÒRD & COMATAIDHEAN

Ann an 2017-18, choinnich Bòrd MG ALBA còig tursan, le Magaidh Choineagan sa chathair. Am measg nam prìomh phuingeann ris an do dhèilig am bòrd bha èifeachdasan a dh'fhaodadh a bhith ann le BBC Scotland leis an naidheachd mun t-seanail ùir BBC Scotland; lèirmheas air poileasaidhean; lèirmheas air modhan-obrach manaidsaidh chunnartan na buidhne; cunntachalachd ri, agus co-obrachadh le, prìomh luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach Ofcom, Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA; ro-innleachdan gus gealltanasan a sheulachadh bhon BhBC agus bho luchd-maoin gus miannan, a chuireas feum air bharrachd ghòireasan sna bliadhnaichean ri teachd, a choileanadh; a bhith a' leasachadh freagairteachd air feuman agus miann luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus lèirmheas air solar ghnè, gu h-àraidh prògramadh airson Clann & Òigridh; agus coimiseanadh de chùmhnanntan riochdachadh phrògraman airson pasgain fad-ùine.

Tron bhliadhna, choinnich a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh ceithir tursan, le Daibhidh Brew sa chathair. Choimisean a' Chomataidh sgrùdadh in-thaigh air modhan-obrach manaidsaidh chunnartan na buidhne agus chuir i air dòigh bùithtean-obrach air leth airson luchd-obrach agus buill. Chaidh Buidheann-obrach Riosg a chuir air chois gus dèanamh cinnteach gu bheil cultar aithneachaidh riosg aig cridhe na buidhne. Dh'aontaich a' Chomataidh cuideachd ri plana de sgrùdadh in-thaigh airson nam bliadhnaichean ri teachd, a' cuairteachadh raointean sònraichte taobh a-staigh gnìomhan obrachaidh na buidhne. Rinn a' Chomataidh lèirmheas agus ùrachadh air poileasaidhean riaghlaidh chorpóra na buidhne a rèir reachdas agus an cleachdadh as fheàrr. Rinn a' Chomataidh lèirmheas air structar luchd-obrach agus dh'aontaich iad ri gnòthaichean pàighidh a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba.

Choinnich a' Chomataidh Inbhean ceithir tursan, le Jo NicDhòmhnaill sa chathair. Rinn a' Chomataidh lèirmheas air gnèithean phrògraman BBC ALBA, susbaint cànan ann am prògraman agus tabhartas MG ALBA ri rèidio. Bheachdaich a' Chomataidh cuideachd air poileasaidh Gàidhlig na buidhne,

The remit of MG ALBA is to ensure that persons living in Scotland are provided with a wide and diverse range of high quality programmes in Gaelic.

MG ALBA fulfils its remit principally through BBC ALBA, the Gaelic television and multi-media service which it operates in partnership with the BBC. MG ALBA and the BBC have entered into a collaboration agreement that sets out the terms on which the two organisations run BBC ALBA, and the resources that they provide to the project. The partnership is overseen by a Joint Management Board, chaired by the Chief Executive of MG ALBA.

## BOARD & COMMITTEES

In 2017-18, the MG ALBA Board met on five occasions, under the chairmanship of Maggie Cunningham. The main areas addressed by the Board included the potential for resource-sharing with BBC Scotland in light of the upcoming new BBC Scotland channel; a review of policies; a review of MG ALBA's risk management procedures; accountability to, and engagement with, key stakeholders, including Ofcom, the Scottish Government and the UK Government; strategies to secure commitments from the BBC and from funders to fulfil ambitions that will require additional resources over the coming years; improving responsiveness to the needs and aspirations of users of Gaelic and a review of genre provision, particularly Children & Youth programming; and the commissioning of long-term programme production contracts (volume deals).

The Audit & Assurance Committee met on four occasions, under the chairmanship of David Brew. The Committee commissioned an internal audit of MG ALBA's risk management procedures and arranged separate workshops involving staff and members. A Corporate Risk Group has been established to ensure that a risk-aware culture is embedded in the organisation. The Committee also approved a plan of internal audit over coming years encompassing specific areas within the operational activities of the organisation. It reviewed and updated MG ALBA's corporate governance policies in line with current legislation and best practice. The Committee reviewed the staffing structure and approved remuneration arrangements in line with Scottish Government pay policy.

The Standards Committee met on four occasions, under the chairmanship of Jo MacDonald, in order to review BBC ALBA programme genres, language content in programmes and MG ALBA's contribution to radio. The Committee also considered MG ALBA's Gaelic policy, skills development



ro-innleachdan leasachadh sgilean agus ùrlaran meadhanan sòisealta, a thuilleadh air lèirmheas a dhèanamh air FilmG agus LearnGaelic.

Choinnich a' Chomataidh Ainmeachaidh aon thuras, san Fhaoilleach 2018, le Magaidh Choineagan sa Chathair, a' stèidheachadh raon-ùghdarras na Comataidh agus meatrags sgilean a' Bhùird gus cuideachadh le fastadh Bhall san ùine ri teachd.

## MAOINEACHADH

A thuilleadh air maoin àbhaisteach agus maoin a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba agus teachd-a-steach bho ghoireasan agus bho phrògraman, tha diofar gnìomhan a' cuideachadh ann a bhith a' faighinn susbaint a bharrachd.

Ann an 2017-18 chuir am BBC a-steach 33 uairean a thìde a bharrachd de shusbaint seach na chuir iad a-steach a' bhliadhna ron sin agus tha iad air daingneachadh gu libhrig iad naidheachdan deireadh sheachdain air BBC ALBA bho fhoghar 2018.

Taobh a-staigh nan goireasan a th' ann an-dràsta tha MG ALBA air ath-òrdanachadh agus ath-phrìomhachadh a dhèanamh gus goireasan a chuir gu ruige raointean prìomhachais, leithid an Aonad Dhidseatach.

Sa chiad chairteal den bhliadhna, chaidh MG ALBA an sàs ann an ochd cùmhnanan pasgain le companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach gus na prìomh gnèithean phrògraman a sholarachadh, nam measg dealbhan beò le tionndadh Gàidhlig air a chuir orra, firinn agus dràma. Tha an cùmhnanan riochdachaidh spòrs air a shìneadh airson trì bliadhna gus taobhachas a dhèanamh le còraichean spòrs a tha rim faighinn, le na cùmhnanan eile a' faighinn sìneadh de cheithir bliadhna. Tha na h-aontan seo a' libhrigeadh luach an airgid, a' dèanamh suas mu 85%-90% de phrògraman ùra bliadhna na seanail air a mhaoineachadh le MG ALBA, a thuilleadh air còrdadh amasaichte an luchd-amhairc.

Chaidh sgrùdadh a chuir air chois le BBC Scotland agus MG ALBA air gnìomhan a bha a' faighinn taic bhon dà bhuidhinn gus èifeachdasan a chomharrachadh a dh'fhaodadh a bhith air an ath-sheilbheachadh a thaobh susbaint airson ar luchd-amhairc Gàidhlig. Tha breithneachadh ga dhèanamh air toraidhean an rannsachaidh seo le co-sgioba agus thèid molaidhean air beulaibh Bòrd Co-bhanntachd BBC ALBA agus Bòrd MG ALBA as t-samhradh 2018.

An co-bhoinn ri ar com-pàirtiche am BBC, chaidh MG ALBA an sàs ann an raon phròiseactan a tha an-dràsta às aonais maoinneachadh agus thèid taic ionmhasail a shireadh sa bhliadhna ri thighinn. Mar phrìomhachas am measg nam

strategies and social media platforms as well as conducting a review and appraisal of FilmG and LearnGaelic.

The Nominations Committee met once, in January 2018, under the chairmanship of Maggie Cunningham, establishing the Committee's remit and a Board skills matrix to assist with the recruitment of Members in the future.

## FUNDING

In addition to regular and additional funding from Scottish Government and income from facilities and programmes, various activities are helping source some additional content.

The BBC in 2017-18 contributed 33 more hours of content than the previous year and have confirmed that they will deliver weekend news bulletins on BBC ALBA from autumn of 2018.

Within current resources MG ALBA has reorganised and reprioritised to divert resource to priority areas, such as the Digital Hub.

In the first quarter of the year, MG ALBA entered into eight volume deals contracts with independent production companies for the supply of core programme genres, including versioned animation, factual and drama. The sports production contract extends for three years so as to align with available sports rights, the other contracts extend for four years. These deals provide value for money, accounting for approximately 85%-90% of MG ALBA-funded original annual channel output, as well as targeted audience satisfaction.

A BBC Scotland/MG ALBA review of joint support activities sought to identify potential efficiencies that could be re-invested in content for our Gaelic audiences. The findings from this report are being explored by a joint team and recommendations will be made to the BBC ALBA Joint Management Board and to the MG ALBA Board in summer 2018.

With our partner the BBC, MG ALBA has embarked on a portfolio of projects which are currently unfunded and for which financial support will be sought in the coming year. Chief among those projects is a new multi-media language

pròiseactan seo tha goireas ionnsachaidh cànan ioma-mheadhan ùr, a tha riatanach ma tha craoladh Gàidhlig a' dol a thoirt cuideachadh susbainteach gus àrdachadh a dhèanamh air àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus an àireamh de dhaoine a tha a' ruighinn ìre fhileanta sa Ghàidhlig.

Tha MG ALBA air cuideam mòr a chuir air a bhith ag obair gu dlùth le riochdairean agus buidhnean gus àrdachadh a dhèanamh air an àireamh de phròiseactan co-obrachaidh Gàidhlig, le craoladairean eile, riochdairean agus buidheann, san RA agus gu h-eadar-nàiseanta. 'S e prìomh amasan an ro-innleachd seo maoinachadh bhon taobh a-muigh agus luach airson prògraman Gàidhlig a lorg, fàs a dhèanamh air dàimhean gnìomhachais eadar-nàiseanta roinn na meadhanan Gàidhlig agus buaidhean cruthachail air susbaint Gàidhlig a leudachadh. Tha toiseachd tòiseachaidh gealltanach air a bhith aig an ro-innleachd sin. Tha an roinn cruthachail Gàidhlig a-nis ag obair le raon phròiseactan ioma-mhilleann nota le com-pàirtichean eadar Canada agus Sìona, sa bheil MG ALBA, gu cuibheasach, na mhaoineachair de 15%.

Ann a bhith a' co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig, tha MG ALBA air a bhith air chomas stiùir a ghabhail san ath ìre de leasachadh LearnGaelic agus goireasan ionnsachadh cànan air-loidhne ùr a choimiseanadh le Uist Film airson a libhrigeachd ann an 2018-19.

learning resource, which is urgently required if Gaelic media is to make a fuller contribution to increasing the number of learners of Gaelic and the number of those who successfully progress to proficiency in Gaelic.

MG ALBA has put significant emphasis on working more closely with producers and agencies to increase the number of Gaelic content collaborations with other broadcasters, producers and agencies, in the UK and internationally. The key goals of that strategy are to find new external funding and value for Gaelic programmes, to grow the international business relationships of the Gaelic media sector and to diversify creative influences on Gaelic content. That strategy is beginning to show promise. The Gaelic creative sector is now working with a multi-million pound portfolio of projects with partners from all points between Canada and China, in which MG ALBA is, on average, a 15% funder.

Co-working with Bòrd na Gàidhlig has already enabled MG ALBA to lead on the next stage of LearnGaelic's development and to commission new online language learning resources from Uist Film for delivery in 2018-19.

22

## DÈANADAS IONMHASAIL & OBRACHAIDH

Ann an 2017-18 chosg MG ALBA £9.8m gu dìreach le 24 diofar chompanaidhean riochdachaidh ann a bhith a' cruthachadh 432 uairean a thìde de phrògraman. Den sin, chaidh £8.9m chun na roinne riochdachaidh neo-eisimeilich, mòran dheth an cois pasgan de nithean a bhrosnaicheadh leasachadh tàlant, sgilean agus a' Ghàidhlig.

Chunnacas sa bhliadhna, teachd-a-steach airson MG ALBA de £13.8m (2017: £13.1m), le £13.5m (2017: £12.865m) a' tighinn bho thabhartas-gus cuideachadh Riaghaltas na h-Alba agus £348.5k (2017: £280.3k) bho mhaoin phròiseict agus theachd a-steach airson seirbheisean agus goireasan.

San Aithris air Teachd-a-steach lomlan aig deireadh na bliadhna bha còrr an dèidh chisean ann de £20.2k an coimeas ri easbaidh de £132.2k ann an 2017. Tha seo a' comharrachadh gluasadan ann an so-mhaoin shuidhichte agus riochdachaidhean a tha fhathast rin craoladh agus mar sin a tha mar thoradh air cìs isleachaidh, caiteachas calpa agus gluasadan sa chalpa obrachaidh. Ann an 2017 chaidh sgrùdadh a dhèanamh le bhith a' riarachadh ghoireasan luchd-obrach gu ruige rianachd, manaidseadh seanail agus susbaint seanail le na cosgaisean pàighidh air an ath-chuir ann an loidhne le gach raon de chleachdadh ghoireasan. Tha seo

## FINANCIAL & OPERATIONAL PERFORMANCE

In 2017-18 MG ALBA spent £9.8m directly with 24 different production companies on the creation of 432 hours of programmes. Of that, £8.9m was spent with the independent production sector, much of it in tandem with a package of measures intended to foster the development of talent, skills and Gaelic language.

The year saw income for MG ALBA of £13.8m (2017: £13.1m), of which £13.5m (2017: £12.865m) came from Scottish Government grant-in-aid and £348.5k (2017: £280.3k) came from project funding and charges for services and facilities.

The end-of-year Statement of Comprehensive Income reported a surplus after taxation of £20.2k compared with a deficit of £132.2k in 2017. This reflects movements in fixed assets and productions to be transmitted and is therefore the net result of the depreciation charge, capital expenditure and movements in working capital. In 2017 a review was undertaken on the allocation of staff resources to the cost centres of administration, channel management and channel content with the salary costs being reallocated in line with each area's resource utilisation. This has contributed to a 19% reduction in administrative costs in 2017-18.

air cuideachadh le ìsleachadh de 19% air cosgaisean rianachd ann an 2017-18.

Tha an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail aig deireadh na bliadhna a' sealltainn gun robh stoc phrògraman no prògraman a bhathar ag ullachadh ann de luach £4.4m (2017: £3.5m) agus cùl stòr de £37.8k (2017: £166.5k), le chèile a rèir poileasaidh. Tha gealltanasan mòra de £19.8m airson ceithir bliadhna cuideachd ri fhacinn am-bliadhna; a' riochdachadh sa mhòr-chuid cunnraidhean solar phrògraman ioma-bhliadhna a chaidh aontachadh anns a' chiad leth de 2017 agus a mhaireas gu 2020 no 2021.

Bha an gluasad gu rianachd mheadhanan stèidhichte air siostam HD na choileanadh susbainteach dha sgiobaidhean in-thaigh MG ALBA agus dhan roinn riochdachaidh neo-eisimeileach. Tha e na adhbhar molaidh a thaobh an fheadhainn a bha an sàs ann, gun deach a thoirt gu crìoch gun droch bhuaidh a thoirt air lìbhrigeadh no feabhas BBC ALBA. Ged nach eil BBC ALBA fhathast a' craoladh ann an HD, tha e làn uidheamaichte agus air chomas an iPlayer a sholarachadh le susbaint aig ìre HD.

Tron bhliadhna, libhrig ar sgiobaidhean obrachaidh agus prògramaidh na seanail 100 uair a thìde de cheangalan agus mu 443 uair a thìde de stuth mheadhanan a bha air an dearbhadh tro sgrùdadh teicnigeach gu robh e deiseil airson a chur a-mach air an t-seanail, a thuilleadh air taic a thoirt do riochdaidhean agus tachartasan eile leithid FilmG.

## GNÌOMHAN EILE

Ann an 2017-18, shoirbhich le stèidheachadh an t-Aonad Dhìseataich ann a bhith a' tàladh dhaoine òga le bhith a' toirt dhaibh stuthan ann an riochd goirid air ùrlaran a bharrachd air TBh. Chòrd seo ris an earrann seo den luchd-amhairc a tha nas buailtiche a bhith a' cleachdadh stuthan neo-loidhneach.

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus le comhairle bho Oilthigh Ghlaschu, chruthaich LearnGaelic frèam-obrach planaidh gus goireasan lèir-chlaisneachd san ùine ri teachd a chruthachadh. Tha an frèam-obrach ùr stèidhichte air Sgeama Cumanta Eòrpach airson Measadh Ionnsachadh Cànanain a tha a' toirt bun-stèidh airson tomhas a dhèanamh air sgilean cànanain agus ceadaichidh e goireasan ionnsachaidh air na meadhanan san àm ri teachd a bhith air a chruthachadh ann an dòigh phlanaichte agus ann an co-chòrdadh ri iomairtean eile. Bheir co-obrachadh le Sgoil Shamhlachaidh is Lèir-choltachaidh aig Sgoil Ealain Ghlaschu cothrom do LearnGaelic co-dhealbhadh agus co-chruthachadh a dhèanamh air goireasan ionnsachaidh le luchd-cleachdaidh. Tha fàs làrach-lìn LearnGaelic a' leantainn a thaobh àireamhan luchd-cleachdaidh agus ann a bhith a' gabhail pàirt sna meadhanan sòisealta.

The end-of-year Statement of Financial Position shows programmes in stock or in production of £4.4m (2017: £3.5m) and year end cash reserves of £37.8k (2017: £166.5k), both in line with policy. Significant future commitments of £19.8m over four years are also disclosed this year; these represent mainly multi-annual programme supply contracts agreed in the first half of 2017 and which will last until 2020 or 2021.

The transition to fully HD, file-based workflows was a significant achievement for MG ALBA's in-house teams and the independent production sector. To the credit of all involved, it was completed without impact on BBC ALBA delivery or quality. Although BBC ALBA does not yet broadcast in HD, it is fully prepared and can supply the iPlayer with HD quality content.

In the year, MG ALBA's channel operations and presentation teams delivered 100 hours of junctions and around 443 hours of broadcast-compliant media to BBC ALBA playout, as well as supporting productions and events such as FilmG.

## OTHER ACTIVITIES

In 2017-18 the establishment of the Digital Hub proved successful in attracting younger consumers of content by providing short pieces on non-tv platforms appealing to a section of the audience most likely to consume non-linear content.

LearnGaelic, supported by Bòrd na Gàidhlig and with guidance from the University of Glasgow, created a new planning framework for the creation of future audio-visual learning resources. The new framework is based on the Common European Framework of Reference for Languages, which provides a standard basis for measuring language skills, and will allow future media learning resources to be created in a planned way and in harmony with other initiatives. A collaboration with Glasgow School of Art's School of Simulation and Visualisation will allow LearnGaelic to co-design and co-create learning resources with users. The LearnGaelic website continued to grow in terms of usage and social media engagement.



Lean MG ALBA le bhith a' tairgse chothroman leasachaidh do dhaoine òga agus feadhainn eile gluasad a-steach don ghniomhachas agus airson leasachadh proifeiseanta leantainneach do luchd-cruthachaidh subsaint. Bha MG ALBA an sàs ann a bhith a' cur ri raoitean prìomhachais a thaobh sgilean le dà phreantasachd sna meadhanan didseatach, Cùrsa Masters ann an Sgrìobhadh Ficsean Telebhisein agus greisean gnìomhachais airson oileanaich.


Lean an 10<sup>m</sup> co-fharpais FilmG air adhart a' toirt taic do chom-pàirteachais mheadhanan ann an sgoiltean agus coimhearsnachdan. Bha a' chuir a chaidh a chumail san Old Fruitmarket ann an Glaschu sa Ghearran 2018 na shamhla air na sgilean, tàlant agus comas cànanain a tha am measg nan daoine òga bho raon farsaing de sgoiltean, colaistean agus oilthighean.

San Lùnastal 2017 chaidh MG ALBA ann an cùmhnant le Eforensics gus sgrùdadh in-thaigh a dhèanamh air modhan-obrach manaideadh riosg na buidhne. Tha toirt gu buil molaidhean na h-aithisg air an cur a-mach ann am barrachd doimhneachd san Aithris Riaghlaidh.


MG ALBA continued to offer development opportunities for young people and others to make the transition into industry and for content creators to access continuing professional development. MG ALBA's contribution in priority skills areas included two apprenticeships in digital media, a Masters scholarship in TV Fiction Writing and industry placements for students.

The 10<sup>th</sup> annual FilmG competition continued to support media participation in schools and communities. The awards ceremony for FilmG, held in the Old Fruitmarket in Glasgow in February 2018, showcased the skill, talent and linguistic ability of young people from a wide range of communities, schools, colleges and universities.

In August 2017 MG ALBA contracted with Eforensics to carry out an internal audit of the organisation's risk management procedures. The implementation of the report's recommendation is set out more fully in the Governance Statement.







# AMASAN & Objectives & Outcomes TORAIDHEAN

## AMASAN

### OBJECTIVES

#### LÌBHRIGEADH LÈIRSINN 2021 DELIVERING LÈIRSINN 2021

## TORAIDHEAN

### OUTCOMES

Creideas nar Cosnaichean, Creideas nar Cosnaichean Òga agus Aon de na h-àiteachan as fheàrr a bhith ag obair ann an craoladh ann an duaisean na RA



Fàs susbainteach ann an cothrom airson sgrìobhadh airson telebhisein ann an Gàidhlig (dràma agus comadaidh)

Investors in People, Investors in Young People and Best Places to Work in Broadcasting in the UK awards

Opportunities for writing for television (drama and comedy) in Gaelic have increased significantly

Crioch air obair tòiseachaidh airson frèam-obrach ionnsachadh didseatach Gàidhlig, ga dhèanamh comasach maoineachadh a shireadh airson goireas ionnsachadh cànan ioma-ùrlar àrd amasach ann an 2018-19



Groundwork for a Gaelic digital learning framework was completed and will enable funding to be sought for an ambitious new multiplatform language learning resource in 2018-19

Tha cothrom susbaint BBC ALBA fhaicinn gu h-eadar-nàiseanta fhathast ri fhaotainn



International access to BBC ALBA content has yet to be secured



## AMASAN

### OBJECTIVES

#### A' FRITHEALADH AR LUCHD-AMHAIRC SERVING OUR AUDIENCE

Ann an co-bhonn leis a' BhBC, seanail telebhisean Gàidhlig aig àrd ìre a libhrigeadh do luchd-amhairc ann an Alba mar sheirbheis PSB airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus mar ghoireas luachmhor agus feumail dhaibhsan nach eil a' cleachdadh na Gàidhlig

In partnership with the BBC, deliver a high quality Gaelic language television channel to audiences in Scotland as a PSB service for users of Gaelic and as a valuable and useful resource to non-users of Gaelic

## TOROIDHEAN

### OUTCOMES

Còrr air 10% den luchd-amhairc aois 16+ a' coimhead BBC ALBA gach seachdain

Tha mar a tha susbaint BBC ALBA a' còrdadh ri daoine a leantainn air a' fàs, mar a tha ìre mothachaidh nàiseanta na seanail

Bha fàs susbainteach ann an seallaidhean BBC ALBA air ùrlaran nam meadhanan sòisealta

A' bhliadhna a b' fheàrr fhathast airson FilmG airson stuthan fèin-chruthaichte (ugc)

Over 10% of the 16+ audience view BBC ALBA each week

Appreciation for BBC ALBA content continues to rise, as does national awareness of the channel

There was a significant rise in BBC ALBA content views on social media platforms

FilmG had its best ever year for young people's user generated content (ugc)

Thàinig crìonadh ann an ruigsinneachd na seanail loidhneach TBh, coltach ris an t-suidheachadh le seanailean PSB eile

Ìsleachadh ann an seallaidhean an iPlayer ri linn nàdar farpaiseach an ùrlair agus dùbhlain le bhith a' lorg susbaint Gàidhlig

Weekly reach of the linear TV channel, like other PSB channels, continued its recent downward trend

iPlayer viewings fell due to the increasingly competitive nature of the platform and challenges with discoverability of Gaelic content

## AMASAN OBJECTIVES

### LEASACHADH AGUS DOL AN SÀS DEVELOPMENT AND ENGAGEMENT

Lionraidhean èifeachdach a thogail agus ro-innleachdan com-pàirteachais a chur an cèill a bheir fàs air àrainneachd mheadhanan Gàidhlig soirbheachail agus cruthachail

Build effective networks and implement engagement strategies that will grow a successful and creative Gaelic media ecology

## TORAIDHEAN OUTCOMES

Luach de chòrr is £5m ann an co-riochdachaidhean eadar-nàiseanta agus san RA, le 27 com-pàirtichean eadar-dhealaichte, le BBC ALBA a' cur gu cuibhiseach 15% den mhaoin

Meudachadh susbainteach sna cothroman airson daoine an cuid sgilean sgrìobhaidh agus sgrìobt a leasachadh airson telebhisean Gàidhlig

International and UK co-productions with 27 different partners were valued at over £5m, with BBC ALBA on average providing 15% of funding

Opportunities for individuals to develop writing skills and scripts for Gaelic television increased considerably

Tha ar n-amas taic a chuir ri beò-dhealbhadh fhathast a' crochadh air prìomhasachadh roinne le com-pàirtichean

Our ambition to support animation remains dependent on wider sectoral prioritisation by partners

Dh'fhan ìrean stuthan fèin-cruthaichte (ugc) ann an Gàidhlig – a thuilleadh air FilmG – fo ìre a thathas a' meas falainn gus tàlant agus beachdan airson na roinne a thoirt am bàrr

User-generated content (ugc) in Gaelic - outside FilmG - remained below levels that we consider healthy to surface new talent and ideas for sector

## AMASAN OBJECTIVES

## TOROIDHEAN OUTCOMES

### OBRACHADH OPERATIONS

Dèanamh cinnteach gu bheil siostaman craolaidh agus IT agus às-chur sruthan-obrach gu daonnan a rèir feumalachdan na seanail agus a' ghnòthachais

Ensure MG ALBA's broadcast and IT systems and workflow outputs meet channel and business requirements at all times.

Shoirbhich le làn ghluasad bho shiostam teip gu àrainn stèidhichte air faidhle Àrd Dheifinisean (HD) san Iuchair 2017 gun stad a chur air obair BBC ALBA

Thàinig meudachadh susbainteach ann an IT agus comas ceangail agus ann an ceumannan dìon saidhbear

Full transition from tape to file-based HD media asset management took place in July 2017 with no disruption to BBC ALBA

IT and connectivity capacity and resilience were significantly increased as were cyber-security measures



Tha feum air ro-innleachd sgilean san ùine ri teachd

A future skills strategy is required



29

### IONMHAS & RIANACHD FINANCE & ADMINISTRATION

Dèanamh cinnteach gu bheil cùisean ionmhasail, laghail, cùmhnantail agus eagrachail air am manaidseadh agus air an cunntasachadh gu h-èifeachdach gu bheil an t-airgead a tha air a chosg a' riochdachadh luach an airgid; agus dòighean teachd-a-steach ùra agus maoinachadh phròiseict a leasachadh

Ensure MG ALBA's financial, legal, contractual and organisational affairs are effectively managed and accounted for and that all expenditure represents value for money; and develop new revenue streams and project-based funding.

Amasan manaidseadh ionmhasail agus amasan aithris air an coileanadh  
Meudachadh maoineachaidh agus luach (me co-riochdachaidhean) air an coileanadh

Èifeachdasan ann an solarachadh susbaint a' leantainn air adhart

Financial management and reporting objectives achieved

Increased funding and value (eg co-productions) were achieved

Efficiencies in content procurement continued



Meudachadh ann an cosgais cuibhiseach uair a thide air rèidio ri linn fòcas a-mhàin air susbaint ionnsachaidh airson rèidio tron bhliadhna

Radio average cost per hour increased, due to exclusive focus on learning content for radio during the year







**LÈIRMHEAS**

**AIR**

**BBC ALBA**

**AGUS**

**MEADHANAN**

**GÀIDHLIG**  
**EILE**

30

16



**A REVIEW OF BBC ALBA AND OTHER GAELIC MEDIA**







Sa bhliadhna ionmhais 2017-18 chaidh ochd cùmhnantan pasgain aontachadh le na companaidhean Bees Nees Media, MacTV, Caledonia TV, Midas Media, Obh! Obh! Productions, Solus Productions, Nemeton Scotland agus Young Films.

Chaidh companaidh conaltraidh ùr, Electrify, a chuir an gnìomh. Chaidh cuideachd aontachadh ri còraichean ball-coise an SPFL.

Am measg an t-susbaint a bha ri fhaighinn bha co-riochdachaidhean, a thug prògraman de dh'àrd luach agus beairteach gu buil, tàlant ùr a chaidh a thaisbeanadh agus duaisean air an robhar làn airidh.

Tha **Trusadh (MacTV)** a' leantainn le bhith a' libhrigeadh phrògraman de dh'àrd ìre, a' cleachdadh diofar stoidhlichean gus cuspair a' phrògram a thaisbeanadh. Nam measg bha **Sùlaisgeir: an t-Sealg** agus **Sùlaisgeir: Na Sealgairean** a chuir a' phrosbaig air cleachdaidhean na linn a dh'fhalbh de shealg a' ghuga. Gu h-ìomchaidh, choisinn a' chiad fhear de na prògraman seo aithne aig Fèis Telebhisein Eadar-nàiseanta Chicago.

Tha co-riochdachaidhean eadar-nàiseanta nas motha agus nas motha a' cur ris a' chlàr-ama, nam measg **Luther 500: An t-Strì Spioradail** (riochdaichte le *Waddell Media* agus co-mhaoinichte le *BBC NI* agus an *ILBF*), a thug sùil air ais 500 bliadhna chun àm nuair a thòisich Martin Luther ar-a-mach. Bha dà phrògram spòrs, a chaidh an co-coimeasanadh le *TG4*, am measg co-riochdachaidhean eadar-nàiseanta eile a thug buaidh air a' chlàr. Thug **Benny** (co-riochdaichte le *MacTV* agus *Square One Productions* le maoineachadh bho *Alba Chruthachail* airson tionndadh a dhèanamh airson taigh-cluiche) sùil air sgeulachd iongantach **Benny Lynch** à Glaschu - a' chiad cheatharnach sabaid-dùirn chruinneil a bh' aig Alba a-riamh, agus **Rocky Ros Muc (Below the Radar)** le maoineachadh bhon *Irish Film Board*, *ILBF* agus an *BAI*) a choisinn iomadh duais agus a dh'innis sgeulachd beatha agus obrach a' bhocsair Sean Mannion agus a chaidh ainmeachadh airson duais Acadamaidh.

Ann an Ceòl agus Tachartasan, thug **Belladrum 2017 (BBC Gàidhlig)** thugainn susbaint spòrsail, bragail neo-loidhneach a chuir ris na chaidh a-mach air an t-seanail. Lean an stoidhle seo gu soirbheachail le **Am Mòd Nàiseanta Rioghail (BBC Gàidhlig)**, far am faca sinn leudachadh air a' chraoladh beò gus co-fharpaisean nan còisirean dùthchail a chraoladh beò feasgar Diardaoin airson a' chiad uair. Thàinig **Cèilidh na Bliadhna' Ùire (BBC Gàidhlig)** bhon Eilean Sgitheanach, le Cathy NicDhòmhnaill agus Niall Iain Dòmhnallach aig an stiùir, le Ingrid Henderson na stiùiriche ciùil. Thug **Òrain nan Gàidheal (Bees Nees Media)**

The 2017-18 financial year saw eight volume contracts agreed. The eight companies are Bees Nees Media, MacTV, Caledonia TV, Midas Media, Obh! Obh! Productions, Solus Productions, Nemeton Scotland and Young Films.

A new communications company, Electrify, was appointed. SPFL football rights were also agreed.

Content through the year saw co-productions leveraging in high-value, rich content, as well as new talent being showcased and highly deserved awards.

**Trusadh (MacTV)** continues to deliver high quality storytelling using a range of styles to best showcase the topic being explored. Among the output, two programmes, **Sùlaisgeir: an t-Sealg** and **Sùlaisgeir: Na Sealgairean** portrayed the centuries-old custom of hunting the guga/young gannet. The first of these deservedly won recognition at the Chicago International Television Festival.

International co-productions are increasingly enriching the schedule, with highlights including **Luther 500: An t-Strì Spioradail** (produced by *Waddell Media* and co-funded by *BBC NI*, and the *ILBF*), which looked back 500 years to when Martin Luther started a revolution. Two sporting documentaries co-commissioned with *TG4* were among the other international co-productions which created impact in the schedule. One was **Benny** (co-produced by *MacTV* and *Square One Productions* with funding from *Creative Scotland* for a theatrical cut), the remarkable story of Scotland's first boxing world champion boxer, Glasgow's Benny Lynch, and multi-award winning **Rocky Ros Muc (Below the Radar)** with funding from the *Irish Film Board*, *ILBF* and the *BAI*), told the story of Sean Mannion's life and boxing career, and was long-listed for an Academy Award.

In Music and Events, **Belladrum 2017 (BBC Gàidhlig)** saw exciting, irreverent non-linear content complementing the channel content and this formula continued successfully for coverage of the **Am Mòd Nàiseanta Rioghail (BBC Gàidhlig)**. This year's Mod coverage saw the live broadcast extended to include the rural choirs' competition on the Thursday afternoon for the very first time. This year's **Cèilidh na Bliadhna' Ùire (BBC Gàidhlig)** was presented from the Isle of Skye by Cathy MacDonald and Niall Iain MacDonald, and musical director Ingrid Henderson. **Òrain nan Gàidheal (Bees Nees Media)** was a sumptuous, ambitious showcase

thugainn taisbeanadh àrd-amasach de sheinneadairean ùr-ghnàthach na h-Alba, còmhla ri Orcastra Siomphonaich a' BhBC. Ann an **Lorient is Alba: Scotland's Year** (*Bees Nees Media*) chunnaic sinn cuid den luchd-ciùil agus de na còmhlain as fhèarr aig Fèis Interceltique ann an Lorient, nam measg Tide Lines agus Hò-Rò.

Am measg prògraman spòrs bha fòrmat ùr **co-fharpais PRO14, ball-coise nam ban** aig ìre dùthchail agus eadar-nàiseanta, craoladh farsaing de **bhall-coise a' Phremiership** agus **camanachd (Nemeton Scotland)**. Thathas a' toirt air adhart dà phreasantair ùr, boireann, Iona NicIllaBhàin agus Megan NicIllaFhaolain. Am measg prògram-aithris spòrs bha **Tannadice '87 (Purpletv)**, a' comharrachadh an 30<sup>m</sup> ceann-bliadhna bho fhuair Dundee United FC gu cuairt dheireannach Cupa UEFA agus lean **Breab agus Buaidh (Matchlight)**, sgioba bhan na h-Alba 's iad a' faighinn chun nan ìrean dheireannaich de chuirtean dheireannach Euro 2017.

Ann am prògraman Chloinne, am measg na bha ri fhaicinn bha **Raven/Fitheach (BBC Children's Productions)** agus **BBC Gàidhlig** – sreath chloinne mu dhàn-thuras do-chreidsinneach bho CBBC – a chaidh a dhèanamh comasach tro ath-thionndadh subsaint bhon BhBC. Am measg na bha ri fhaicinn sna Naidheachdan bha an taghadh coitcheann 2017. Ann an Cùisean Làitheil, thòisich an 25<sup>m</sup> sreath de **Eòrpa (BBC Gàidhlig)** agus bhuannaich e duais cùisean làitheil BAFTA Alba airson a' phrògram air ciomaich Ghuantanamo.

A' cleachdadh fòrmat ùr nas giorra nan àbhaist, fhuair sinn **Dhan Uisge (BBC Gàidhlig)** agus rionnag ùr eile BBC The Social, Calum MacIllaEathain, ag innse dhuinn mun ghaol a tha aige a bhith a' snàmh gu nàdarra ann an lochan agus aibhnichean iomallach agus neo-thruaillte. Ann an **Ceathrar air a' Chuiltheann (Magic B)** chunnaic sinn sgeulachd cheathrar dheugairearan a' toirt ionnsaigh air a' Chuiltheann san Eilean Sgitheanach. Mu dheireadh, ann an Dràma, fhuair sinn dràma chloinne bhon Aonadh Craolaidh Eòrpach (EBU), **Mystique No 375 (Sorbier)**, far an d' fhuair sinn actadh agus ceòl air leth. A thuilleadh air gu bheil sgeama dràma an EBU na bhuanachd airson an luchd-amhairc, thathas ga cleachdadh mar inneal leasachaidh a thaobh stiùireadh, sgrìobhadh agus ann a bhith a' cruthachadh ceòl tùsail. Fhuair e buannachd bho chis-chreideas a tha ri fhaotainn airson riochdachadh chloinne. Chaidh an ceathramh sreath de **Bannan (Young Films)** a chraoladh agus chòrd e gu mòr ris an luchd-amhairc. Chaidh susbaint dràma a mheudachadh le **An Klondike (Abu Media)**, dràma cànan Òireannach stèidhichte sna linn a dh'fhalbh, dealbh-chluich Iain Moireach, **Briseadh na Cloiche (Ceòl 's Craic Productions)** air a thoirt gu telebhisean agus seusan goirid de dh'obair Iain Crichton Mac a' Ghobhainn gus 90 bliadhna bho àm a bhreith a chomharrachadh.






of Gaelic's finest contemporary singers joined by the BBC Scottish Symphony Orchestra. **Lorient is Alba: Scotland's Year** (*Bees Nees Media*) showed some of Scotland's very best musical artistes and groups performing at the Interceltique Festival in Lorient, including Tide Lines and Hò-Rò.

Sports coverage included the new format of the **PRO14 competition, women's football** at domestic and international level, extensive **Premiership football** coverage and **shinty (Nemeton Scotland)**. Two new female sports presenters, Iona Whyte and Megan MacLellan, are being developed. Sports documentary included **Tannadice '87 (Purpletv)**, the 30<sup>th</sup> of Dundee United FC reaching the final of the UEFA Cup, and **Breab agus Buaidh (Matchlight)**, which followed Scotland's Women's Team as they entered the final stages of the Euro 2017 finals.

In Children's programming, highlights included a new series being enabled through versioning of BBC content: **Raven/Fitheach (BBC Children's Productions and BBC Gàidhlig)**, a CBBC children's fantasy adventure series. News coverage included the 2017 general election. In Current Affairs, **Eòrpa (BBC Gàidhlig)** began its 25<sup>th</sup> series and won the BAFTA Scotland current affairs award for its programme on Guantanamo Detainees.

The mid-form duration **Dhan Uisge (BBC Gàidhlig)** saw another rising talent, BBC The Social star, Calum MacLean, explain his passion for wild swimming in remote and unspoilt lochs and rivers. **Ceathrar air a' Chuiltheann (Magic B)** followed four school leavers from Glasgow tackle the hardest climb in the UK: the Cuillin Ridge. Finally, in Drama, the children's European Broadcast Union (EBU) drama **Mystique No 375 (Sorbier)** saw striking performances and a beautiful soundtrack. As well as an important audience proposition, the EBU drama scheme is used as a development vehicle in relation to directing, writing and music for original soundtrack. It benefitted from the tax credit available to children's production. Series four of **Bannan (Young Films)** was broadcast with strong audience appreciation. Drama content was further augmented by the period Irish language drama **An Klondike (Abu Media)**, the television of the stage play, John Murray's **Briseadh na Cloiche (Ceòl 's Craic Productions)** and a short season of Iain Crichton Smith's work to mark the 90<sup>th</sup> anniversary of his birth.







# LEIRMHEAS AIR LEASACHADH





**DEVELOPMENT REVIEW**





**IRN-BRU FOOTBALL**  
@irnbrufcfootball

In anticipation of the IRN-BRU Cup final being aired on BBC ALBA, here are some handy Gaelic translations to prepare you for the match 😊

#IRNBRUCUP

## MEADHANAN SÒISEALTA (MG ALBA)

Tha meadhanan sòisealta MG ALBA a' leantainn le fàs slaodach, seasmhach, agus tha meudachadh de 9% ann an luchd-leantainn Twitter agus 15% ann an àireamhan Facebook. Tha am fàs ann am BBC ALBA gu ìre a' dèanamh suas airson an fhàs nas slaodaich ann an MG ALBA. Ach tha na seanailean seo agus seanailean eile a' leantainn a bhith cudromach ann a bhith a' conaltradh mu na gnìomhan air fad dham bheil am buidheann a' toirt taic agus thathas an dùil gum bi am fòcas agus na gnìomhan seo a' dol am meud.

## SOCIAL MEDIA (MG ALBA)

MG ALBA social media continues to show slow, steady growth, with Twitter followers increasing by 9% and Facebook by 15%. BBC ALBA growth has to an extent offset this slower growth in MG ALBA. However these and other channels continue to be important for communication about all of the activities the organisation supports and focus and activity on these is expected to increase.





## CÒ THU? CÒ THU? CÒ THU?

TRANSLATION:  
WHO ARE YA? WHO ARE YA? WHO ARE YA?



## 'S E GEAMA DE DHÀ LETH A TH'ANN

TRANSLATION:  
IT'S A GAME OF TWO HALVES



## BHEIR SEACHAD E!

TRANSLATION:  
PASS IT!



## PÀIRC AM BUS!

TRANSLATION:  
PARK THE BUS!



## 'S E BALL-COISE AM FÌOR-BHUANNAICHE A-NOCHD

TRANSLATION:  
THE REAL WINNER TONIGHT WAS FOOTBALL



## LUCHD-AMHAIRC

### Loidhneach

Ann an 2017-18 bha ruigse BBC ALBA leis an luchd-amhairc Gàidhlig aig 62.1%. Bha an luchd-amhairc nàiseanta aig 11.3%. Lean dèanadas leis an luchd-amhairc Gàidhlig os cionn aois 45 a bhith làidir. Coltach ri seanailean craolaidh seirbheisean poblach loidhneach eile, tha luchd-amhairc nas òige dùbhlach agus tron bhliadhna dh'atharraich fòcas MG ALBA gus làthaireachd a bharrachd air ùrlaran neo-loidhneach a chruthachadh. Ghabh seo a-steach stèidheachadh duilleag Facebook BBC ALBA.

### Neo-loidhneach

'S iad amasan BBC ALBA ann a bhith beò air ùrlaran neo-loidhneach:

- làthaireachd làidir, misneachail a chruthachadh airson BBC ALBA air ùrlaran far a bheil luchd-amhairc nas òige a' coimhead nam meadhanan le bhith a' cleachdadh stuthan ann an riochd goirid (cuid stèidhichte air tasglann, cuid air a dhèanamh às ùr)
- cuir ri susbaint na seanail, a' gabhail a-steach susbaint beò, a' cleachdadh Facebook Live no Periscope air Twitter, no mar eisimpleir a' cleachdadh SnappyTV airson susbaint bhidio beò a cho-roinn sa bhad
- na h-ùrlaran seo a chleachdadh gus susbaint foillseachaidh a thàlas luchd-amhairc chun na seanail – ged a dh'fheumas sinn a bhith faiceallach le seo oir tha fianais ann nach eil an dòigh foillseachaidh làidir seo a' còrdadh ris an aois seo.

Chaidh Facebook BBC ALBA a stèidheachadh san Lùnastal agus tha e a' nochdadh fàs seasmhach. Gu h-iomlan bha 1.24m sealladh air Twitter agus Facebook BBC ALBA thairis air a' bhliadhna ionmhais. Tha ruigse seachdaineach chuibheasach airson Facebook BBC ALBA bho chaidh a stèidheachadh aig 35,000. 'S e toiseach tòiseachaidh làidir a tha seo. Stèidhich e an làthaireachd treun a bha a dhìth agus thathas an dùil gun tig fàs air seo: an dà chuid a thaobh misneachd agus a thaobh làthaireachd air ùrlaran eile. A thuilleadh air cothrom a bharrachd airson preseatantairan sgrion na seanail an dàimh aca leis an luchd-amhairc a dhèanamh nas dlùithe, tha na h-ùrlaran seo nan cothroman cumhachdach airson BBC ALBA tàlant a thaisbeanadh agus a leasachadh, me Hannah McKirdy agus Iain Beggs aig Belladrum 2017, agus Megan NicIlfhaolain agus Iona NicIleBhàin ann an craoladh spòrs. Tha cleachdadh Snappy TV (far an ceadaich còraichean) air ùrlaran BBC ALBA a' cur gu soirbheachail ri craoladh beò, gu h-àraidh ann an ceòl

## AUDIENCES

### Linear

In 2017-18 BBC ALBA reach in the Gaelic audience was 62.1%. The national audience was 11.3%. Performance with the over-45 Gaelic audience continued to be strong. Like other linear public service broadcast channels, younger audiences are challenging and MG ALBA's focus shifted during the year to ensure an increased presence on non-linear platforms. This included the establishment of a BBC ALBA Facebook page.

### Non-linear

The objectives of BBC ALBA's non-linear presence are:

- to create a bold, confident presence for BBC ALBA on platforms where younger audiences consume media using short form content (archive based; some originated)
- to complement the channel content, including live channel content, using Facebook Live or Periscope on Twitter, or for example using SnappyTV to clip and share live video content as it happens
- to use these platforms for promotional content that drives viewers to the channel - although this final element must be handled carefully given that there is evidence that heavy handed promotions can be off-putting to that demographic.

BBC ALBA Facebook was established in August and is showing steady growth. There were a total of 1.24m views on BBC ALBA Twitter and Facebook over the course of the financial year. The average weekly reach for BBC ALBA Facebook since its establishment is 35,000. This is a strong start. It has established the bolder presence that was sought and we expect this presence to grow: both in terms of confidence, and in terms of presence on other platforms. As well as a further opportunity for the channel's in-vision presenters to strengthen their relationship with the audience, these platforms are also powerful opportunities for BBC ALBA to showcase and develop talent, e.g. Hannah McKirdy and Iain Beggs at Belladrum 2017, and Megan McLellan and Iona Whyte in sports coverage. The use of Snappy TV (where rights permit) on BBC ALBA platforms successfully complements live event coverage, particularly in music and sport: Na Trads 2017 trended on Twitter across the UK ahead of BBC One's Strictly Come Dancing at one point,





# 1.24m views on BBC ALBA Twitter and Facebook





agus spòrs: aig aon ìre bha Na Trads 2017 a' treandadh air Twitter air feadh na RA, air thoiseach air Strictly Come Dancing air BBC One. Ann an spòrs ràinig sgòr ann am PRO14 160,000 neach air feadh an t-saoghail. Air iPlayer a' BhBC bha 4.1m sealladh ann de shusbaint BBC ALBA.

## TRÈANADH

Tha na tha MG ALBA a' cur ri trèanadh a' gabhail a-steach trèanadh cànan, preantasachdan, greisean gnìomhachais oileanaich, bursaraidhean, leasachadh leantainneach proifeasanta, leasachadh sgrìobhaidh agus a' toirt taic do leasachadh chompanaidhean tro làthaireach aig margaidhean.

Chaidh dà dhìofar trèanadh cànan a thairgse do luchd-solair BBC ALBA agus chaidh an lìbhrigeadh le Ruairidh MacIleathain tro Chomhairle nan Leabhraichean. Bha aon chùrsa ag amas air luchd-ionnsachaidh, le cùrsa nas fhaide ag amas air luchd-labhairt fileanta. A thuilleadh air sin, tha fuasglaidhean nas pearsanta a rèir feumalachdan luchd-obrach a dh'fhàg air cuid de chompanaidhean agus tha MG ALBA a' toirt taic dhan seo cuideachd. Ann an 2017-18 mhaoinich MG ALBA an dàrna sgeama Preantasachd aig a' BhBC a thuilleadh air preantasachd bho sgeama Chomhairle nan Eilean Siar. Tha MG ALBA a' leantainn le bhith a' maoineachadh greisean-gnìomhachais airson oileanach an dàrna bliadhna de Dhioplòma nam Meadhanan Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig. Fhuair trì ùir phroifeiseantaich òga cothrom a bhith an làthair aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach ann an Eilean Mhanainn fo sgeama bursaraidh MG ALBA.

Tha cùmhnant fad-ùine Young Films airson Bannan a' tabhann cothrom dileab de thàlant a chruthachadh agus chaidh taic a chuir gu ruige obraichean mar Deasaiche Foghlainneach, Neach-taic Camara Foghlainneach agus dà Stiùiriche Foghlainneach. A thuilleadh air sin chaidh taic a thoirt do dhà sgrìobhadair air Bannan a dhol chun Lab Dràma TBh Eòrpach ann am Berlin.

Tha cuideachd taic air a chur ri leasachadh leantainneach phroifeasanta agus ann an 2017-18 ghabh seo a-steach obair deasachaidh, le stiùireadh ioma-chamara mar fhòcas sa gheàrr-ùine.

Lean leasachadh chompanaidhean gus co-riochdachaidhean a dhèanamh comasach, le trì companaidhean a' faighinn taic gus a bhith an làthair aig margaidhean. Airson a' chiad uair, bha aonad aig BBC ALBA aig MIPCOM gus inbhe na seanail agus luchd-solar

while in sport, a clip of a PRO14 try gained almost 160,000 impressions across the globe. On BBC iPlayer there were 4.1m views of BBC ALBA content.

## TRAINING

MG ALBA's investment in training covers Gaelic language training, apprenticeships, student placements, bursaries, continuing professional development, writing development and supporting company development through attendance at markets.

Two forms of Gaelic language training were offered to BBC ALBA suppliers and delivered by Ruairidh Maclean through the Gaelic Books Council. One course was aimed at beginners, and a longer course served fluent speakers. Additionally, some companies prefer bespoke solutions dependent on staff needs and MG ALBA supports this also. In 2017-18 MG ALBA funded its second BBC Scotland Gaelic apprentice as well as an MG ALBA apprentice under Comhairle nan Eilean Siar's scheme. MG ALBA continues to fund the placements for the second year students of Sabhal Mòr Ostaig's Diploma in Gaelic Media. Three young professionals attended the Celtic Media Festival in the Isle of Man under MG ALBA's bursary scheme.

Young Film's long-term Bannan deal offers an opportunity to create a legacy of talent and the positions of Trainee Editor, Trainee Camera Assistant, and two Trainee Directors were supported. In addition two Bannan writers were supported to attend the European TV Drama Lab in Berlin.

Continuing professional development is also supported and in 2017-18 this principally comprised editing, with multi-camera directing to be a focus in the immediate future.

Development of companies in order to facilitate co-productions continued apace with three companies being supported in attendance at markets. For the first time, a physical BBC ALBA presence was taken at MIPCOM in order to facilitate these companies' interactions and those

na seanail àrdachadh is gus taic a thoirt dhaibh ann an bhith a' togail lìonraidhean le companaidhean eile. Aon uair eile, dh'obraich sinn gu dlùth le Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta, Sgrion Èireann a Tuath agus Maoin Craolaidh na Gaeilge (ILBF). Tha an dàimh leis an ILBF an dùil a bhith air a leasachadh, a-steach gu margaidean a bharrachd, taobh ri taobh ri craoladairean Ceilteach eile. Tha toraidhean na seilbheachd seo soilleir: tha co-riochdachaidhean eadar-nàiseanta ga dhèanamh comasach susbaint a bharrachd fhaighinn airson na seanail (luach £5m airson BBC ALBA a rèir a' mheasaidh as ùire) agus ga dhèanamh nas comasaiche do chompanaidhean brath a ghabhail air cothroman ann an dùthchannan eile. Tha na companaidhean a tha air taic fhaighinn agus air am brosnachadh seo a dhèanamh a' cruthachadh lìonraidhean mòr-èifeachdach gu maith BBC ALBA, eaconamaidh chruthachail na h-Alba agus a' cur rin fèin-leasachadh.

## SGRÌOBHADH

Tha MG ALBA a' leantainn le seilbheachd ann an leasachadh sgrìobhaidh. 'S iad na prìomh raointean seilbheachd: Bannan, com-pàirteachadh ann am film goirid chloinne an EBU (a thathas a' cleachdadh mar inneal leasachaidh airson sgrìobhadh, stiùireadh agus ceòl air a sgrìobhadh a dh'aona ghnòthach airson a' phrògram), agus mu dheireadh, Sgoilearachd MG ALBA airson sgrìobhadh ficsean telebhisein ionnsachadh aig Oilthigh Chailleannach Ghlaschu. A thuilleadh air sin, am-bliadhna airson a' chiad uair, chaidh taic a thoirt do neach-tagraidh Gàidhlig air greis-còmhnaidh sgrìobhaidh Young Films Foundation. Chaidh leasachadh eile a dhèanamh comasach tro choimisean airson comadaidh ùr air BBC ALBA agus tha seo air còrr is 100 pìos ùr bho 18 sgrìobhadairean, le timcheall air leth dhiubh a tha ùr gu TBh. Chaidh an tàlant sgrìobhaidh ùr seo a lorg ann an co-bhanntachd le Writersroom a' BhBC agus fhuair a' bharrachd de thagraidhean nach fhacas a-riamh – barrachd na bhios sgeamaichean nàiseanta na RA a' faighinn.

## STUTHAN FÈIN CHRUTHAICHTE (UGC)

Bha MG ALBA ag amas air a bhith a' leasachadh iomairtean ugc gus susbaint Gàidhlig a leudachadh am measg an t-sluaigh. Ged a chaidh #vlogamhòid a ruith a-rithist, bha ìsleachadh san àireamh bho 2016 agus bha an iomairt air a chuingealachadh ri linn gainnead ghoireasan taobh a-staigh MG ALBA. Thèid an iomairt seo a chur a-mach gu cùmhnannt airson na h-ath bhliadhna ionmhais.

of MG ALBA executives. Once more we worked closely with Scottish Development International, Northern Ireland Screen and the Irish language Broadcast Fund (ILBF). The relationship with the ILBF is set to develop further, into additional markets, alongside other Celtic broadcasters. The dividends for this investment are clear: international co-productions enable increased content for the channel (most recently valued at £5m for BBC ALBA) and prime companies to take advantage of opportunities in other territories. The companies that are supported and incentivised to do this are creating highly effective networks which benefit BBC ALBA, Scotland's creative economy, and enable their own development.

## WRITING

MG ALBA continues to invest in writing development. The key elements to the investment are: Bannan, participation in the European Broadcast Union's children's short film, which we use as a development vehicle for writing, directing and original score and finally, the MG ALBA Scholarship for Caledonia University's MA in TV Fiction writing. In addition, this year for the first time a Gaelic candidate on the Young Films Foundation's writing residency was also supported. A further development in 2017-18 was enabled through the commissioning of a sketch comedy brand for BBC ALBA: this has created over 100 original pieces from 18 writers, around half of whom are new to TV. The search for the new writing talent for this commission was undertaken in partnership with the BBC Writersroom and the callout received an unprecedented number of submissions – more than UK national schemes receive.

## USER GENERATED CONTENT (UGC)

MG ALBA aimed to further develop ugc initiatives to increase in grassroots Gaelic language content. Although #vlogamhòid was run again, numbers fell from 2016 and the initiative was constrained by lack of internal MG ALBA capacity. This element will be externally contracted for the next financial year.



## FILMG

B' e seo an 10<sup>th</sup> bliadhna de FilmG agus chunnacas an àireamh a b' àirde fhathast de fhilmichean – le 63 film ann an roinn nan deugairean. B' e seo an àireamh a b' àirde sa ghnè seo; bha ìsleachadh san àireamh de fhilmichean air an dèanamh le inbhich ach bha an ìre sa ghnè seo air leth àrd.

Thàinig 21 de na filmichean chloinne bho luchd-dèanamh film neo-eisimeileach, a tha a' ciallachadh gu bheil na filmichean dèante às aonais taic proifeasanta inbheach. Tha an àireamh seo a dhà uiread ri an-uiridh agus b' e seo an àireamh a b' àirde a-riamh. Tha seo cudromach oir tha e a' cur ris an iomairt daoine òga le Gàidhlig a bhrosnachadh gus na stuthan aca fhèin a chruthachadh – ann an Gàidhlig.

Aig cuirm na bliadhna-sa, chunnacas rionnagan na Gàidhlig, leithid Cathy NicDhòmhnaill, Donaich 'Dotaman' agus Griogair Labhraidh a' toirt seachad nan duaisean don fheadhainn a bhuannaich. Nan cuideachd bha Greg McHugh ('Gary Tank Commander'), Brian Vernel bho Star Wars agus A Casual Vacancy agus Aisha Toussaint, bho phrògram chloinne a' BhBC, Raven (agus a bha cuideachd san tionndadh Gàidhlig air BBC ALBA).

Chaidh an tachartas a shruthadh beò a-rithist agus, airson a' chiad uair, chaidh prògram de na piosan a b' fheàrr a chraoladh air BBC ALBA oidhche Dhòmhnaich an dèidh nan duaisean. A' leantainn seo, airson a' chiad uair, chaidh ceithir de na filmichean a b' fheàrr a thàinig a-mach às a' cho-fharpais a chraoladh.

Aon uair eile bha an tachartas a' treandach air na meadhanan sòisealta air oidhche nan duaisean.





## FILMG

This was FilmG's 10<sup>th</sup> year and it saw a record-breaking number of films entered - with the youth category receiving 63 films. This was a record number for youth entries; adult entries fell, but the standard of adult entries was very high.

Twenty one of the children's entries were from independent film makers, which means the films are made without any professional adult support. This number is over double that of last year and is the highest ever. This is important because it bolsters efforts to encourage Gaelic speaking young people to create their own content – in Gaelic.

This year's ceremony saw Gaelic icons such as Cathy Macdonald, Donnie 'Dotaman' and Griogair Labhraidh present the awards to the winners. They were joined by Greg McHugh ('Gary Tank Commander'), Brian Vernel of Star Wars and A Casual Vacancy and Aisha Toussaint, of the BBC Children's programme Raven (and who also starred in the Gaelic version screened on BBC ALBA).

The event was live streamed again and, for the first time, an edited highlights programme was shown on BBC ALBA on the Sunday following the awards. This was followed by the broadcast for the first time of four of the best films received to date.

Once more, the event trended on social media on the evening of the ceremony.



## DOL AN SÀS LEIS A' CHOIMHEARSNACHD AGUS LUCHD-ÙIDH

Rinn MG ALBA ceangal eadar a dhealas leantainneach ri spòrs nam ban agus a chuid amasan maoineachadh coimhearsnachd le bhith a' cur taic ri Sgioba Ball-coise Bhan nan Eileanan Siar tro sheusan a ghabh a-steach cluich sna 2017 NatWest Island Games ann an Gotland, An t-Suain. Chaidh taic coimhearsnachd cuideachd a thoirt do sgioba Comann Gheamannan Eileanach nan Eilean Siar agus fhuairas vlogaichean agus fiosrachadh cunbhalach air na meadhanan sòisealta ann an Gàidhlig tron cho-fharpais.

## COMMUNITY AND STAKEHOLDER ENGAGEMENT

MG ALBA combined its ongoing commitment to women's sport with its community funding objectives by supporting the Western Isles Women's Football team during a busy season that included participation at the 2017 NatWest Island Games in Gotland, Sweden. Community support was also provided to the general Western Isles Island Games squad whose members provided vlogs and regular social media updates in Gaelic during the competition.



32



33



34



Cuideachd a' faighinn taic bho ar buidseat coimhearsnachd bha dealbh-chluich ùr, brìgheil, "Deeds Not Words" ag innse sgeulachd iongantach boireannaich Innse Gall san t-strì aca airson co-ionannachd agus cead-bhòtaidh. Rinn an dealbh-chluich, sgrìobhte leis an sgrìobhaiche a tha stèidhichte ann an Lunnainn, Toria Banks, ceangal eadar cànan agus òrain Ghàidhlig agus Bheurla agus bha e stèidhichte air rannsachadh ùr a thaobh àite nam boireannach à Innse Gall sa ghluasad airson còir-bhòtaidh. Chaidh a riochdachadh sna h-Eileanan Siar le Rural Nations Scotland CIC ann an com-pàirteachas leis An Lanntair, agus chaidh e air turas gu ionadan dùthchail air feadh Innse Gall.

Also supported from our community budget was a landmark original play "Deeds Not Words" telling the story of remarkable Hebridean women in the struggle for equality and the vote. The play, written by London based playwright Toria Banks, combined Gaelic and English language and song and was based on brand new research into the role of Hebridean women in the suffragette movement. It was produced in the Isle of Lewis by Rural Nations Scotland CIC in partnership with An Lanntair, and toured to rural venues across the Outer Hebrides.



35



36



## IONNSACHADH

Tha stèidheachadh iomairt ionnsachadh canain iomadh-ùrlar ùr, air feadh telebhisein, rèidio, air-loidhne agus air na meadhanan sòisealta na amas shoilleir ann an Lèirsinn 2021 MG ALBA. Bidh obair a chaidh a dhèanamh tron bhliadhna na bhun-stèidh air pròiseact airson an tèid maoinachadh a shireadh ann an 2018-19.

Ann an 2017-18 rinn sgioba LearnGaelic obair air a bhith a' stèidheachadh frèam-obrach planaich gus goireasan ionnsachaidh Gàidhlig lèir-chlaistinneach a chruthachadh. Tha seo ag amas air slighe ionnsachaidh a stèidheachadh – no amasan ionnsachaidh aontaichte gu cumanta airson nan diofar ìrean den turas ionnsachaidh - mar bhun-stèidh airson cruthachadh goireasan ionnsachaidh mheadhanan airson an ama ri teachd agus airson an cleachdadh as fheàrr de ghoireasan a th' ann an-dràsta air BBC ALBA, Radio nan Gàidheal agus LearnGaelic.

Lean LearnGaelic air le fàs seasmhach ann an cleachdadh air-loidhne agus dol an sàs sna meadhanan sòisealta. Am measg nan nithean soirbheachail ainmeil

## LEARNING

The establishment of a new multiplatform language learning initiative, across television, radio, online and social media, is a clear ambition in MG ALBA's Lèirsinn 2021. Work undertaken during the year will form the basis of a project that will seek funding in 2018-19.

In 2017-18, the LearnGaelic team worked on the creation of a new planning framework for the creation of future audio-visual Gaelic learning resources. This seeks to establish a pedagogical route - or commonly agreed learning outcomes for the various stages of the learning journey - as a basis both for the creation of future media learning resources and the best use of current resources on BBC ALBA, Radio nan Gàidheal and LearnGaelic.

LearnGaelic continued to enjoy steady growth in online usage and social media engagement. Notable successes include seasonal video content such as the Advent Calendar in Gaelic,



bha mìosachan na Nollaig ann an Gàidhlig, brosnachadh de pod-chraolaidhean den Litir do Luchd-ionnsachaidh air na meadhanan sòisealta agus iomairtean sna meadhanan sòisealta air ainmean àite Gàidhlig agus biadh.

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba, choimisean LearnGaelic cuideachd goireasan ionnsachaidh cànan. Libhrigidh Uist Films sreath de shusbaint airson nam meadhanan sòisealta agus bhidio air-loidhne, air a dhealbhadh gus mothachadh dhaoine air a' Ghàidhlig àrdachadh agus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus tòiseachadh ag ionnsachadh na Gàidhlig agus leantainn air adhart a' leasachadh an comais agus a' ruighinn ìre fileantachd. Cruthaichidh a' chompanaidh seo cuideachd, a tha na meur riochdachaidh de Thaigh Chearsabhagh, dà inneal ionnsachaidh lèir-chlaistinneach: iùil fiosrachaidh fuaimneachaidh airson luchd-tòiseachaidh; agus fiosrachadh practaigeach air bhidio airson luchd-ionnsachaidh air na dùbhlain as motha a thaobh gràmair. Bheir co-obrachadh le Sgoil Shamhlachaidh is Lèir-choltachaidh aig Sgoil Ealain Ghlaschu cothrom deuchainn a dhèanamh air na h-innealan seo le luchd-ionnsachaidh agus gleans a chur orra mus tèid am foillseachadh as t-Fhoghar 2018.

social media promotion of Litir do Luchd-ionnsachaidh (Letter to Learners) podcasts, and social media features on Gaelic place names and food.

LearnGaelic, with support from Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government, also commissioned a suite of new resources for LearnGaelic. Uist Film will create a series of social media and online video content designed to raise awareness of Gaelic and inspire more people to start learning Gaelic and continue their journey towards competence and then fluency. The same company, which is the production arm of Taigh Chearsabhagh, will also create two new audio-visual learning tools: a pronunciation guide for beginners; and practical video guidance for learners on the most commonly experienced grammar challenges. Collaboration with the Glasgow School of Art's School of Simulation and Visualisation will allow those tools to be tested with learners and refined in time for launch in Autumn 2018.



# a new multiplatform language learning initiative

across television, radio, online and social media.



# AITHRIS RIAGHLAIDH





# GOVERNANCE STATEMENT

Chaidh MG ALBA a stèidheachadh (fon ainm Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) fo ullachadh Achd Conaltraidh 2003, Earrannan 208-210, gus dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an lìbhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba.

Tha ùghdarras air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn shònraichte air an liostadh ann an Earrann 208 (4B) de Achd Chonaltraidh 2003. Tha MG ALBA air cumhachdan agus dleasan maoinachaidh a ghabhail a thaobh maoinachadh prògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair co-cheangailte fo Earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, Earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha.

Tha e cudromach do MG ALBA gu bheil ìrean àrda de riaghladh corporra agus dòighean-giùlain beusail aig a' bhuidheann. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas air a bhith a rèir nan ullachaidhean iomchaidh de Chòda Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris Ionmhasail.

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cùm MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh chunnartan agus a' dìon so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghladh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs dealbhte airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar sùil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Tha buill a' Bhùird gan cur an dreuchd agus air am measadh a rèir moladh Ofcom agus le aonta Ministearan Riaghaltas na h-Alba. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iomadachd a' Bhùird na ghnòthach airson Ofcom agus ann an 2017-18 bha riochdachadh bhoireannach air a' Bhòrd aig 44.5% agus riochdachadh fhìreannach aig 55.5%. Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhail a-steach an Cathraiche. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna. Feumaidh buill ainmichte le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE), am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball.

MG ALBA was established (as Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig or the Gaelic Media Service) under the provisions of the Communications Act 2003, Sections 208-210, to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland.

Tha na maoin ionmhasail air fad air an aithneachadh agus air an di-aithneachadh air ceann-là malairt far a bheil ceannach no reic so-mhaoin ionmhasail fo chunnradh anns a bheil cumhan a tha a' ciallachadh gum feum an so-mhaoin

#### *Financial Assets*

All financial assets are recognised and derecognised on a trade date where the purchase or sale of a financial asset is under a contract whose terms require delivery of the financial asset within the timeframe established by the



## Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

a bhith air a libhrigeadh taobh a-staigh an ama a chaidh a stèidheachadh le prìomh neach-ceannachd na Seirbheise, agus a tha sa chiad dol a-mach air a thomhas aig luach chothromach, agus cosgaisean gnìomh-malairt.

### ***Is e nithean air am faotainn an t-aon seòrsa so-mhaoin ionmhasail a tha aig an t-Seirbheis***

Tha nithean air am faotainn tro mhalairt agus nithean eile a tha air am faotainn a thathar a' pàigheadh mar shuimean a tha stèidhichte no dearbhte nach eil air an luachadh ann am margaidh ghnìomhach air am meas mar 'nithean rim faotainn'. Tha iad air an tomhais aig cosgais luach-chrìonaidh a' cleachdadh a' mhodh rèidh èifeachdaich, às aonais milleadh sam bith. Tha riadh teachd-a-steach air aithneachadh le bhith a' cur an cèill an reata rèidh èifeachdaich, ach a-mhàin nithean rim faotainn airson gearr-ùine far am biodh aithneachadh air riadh neo-thàbhach.

### ***Milleadh air so-mhaoin ionmhasail***

Tha so-mhaoin ionmhasail air am measadh airson comharran air easbaidh air ceann-là gach Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail. Tha easbaidh ann an so-mhaoin ionmhasail an uair a tha fianais neo-phàirteach ann, gu bheil, mar thoradh air aon tachartas no barrachd a ghabh àite an dèidh a' chiad aithneachadh den t-so-mhaoin ionmhasail, gu bheil buaidh aige air an t-sruth airgid a tha air a mheasadh airson an ama ri teachd.

Airson cuid de sheòrsaichean so-mhaoin ionmhasail, leithid nithean air am faotainn tro mhalairt, bidh so-mhaoin a tha air am measadh, gun a bhith air am milleadh a thuilleadh air seo, air am measadh airson milleadh air bun-stèidh cruinnichte. Dh'fhaodadh fianais chothromach air milleadh airson pasgan de nithean air am faotainn gabhail a-steach an t-eòlas eachdraidheil a tha aig an t-Seirbheis ann a bhith a' cruinneachadh pàighidhean, meudachadh san àireamh de phàighidhean air an robh dàil sa phasgan thar an ama creideis àbhaisteach, cho math ri atharrachaidhean mothachail ann an suidheachaidhean eaconamach nàiseanta no ionadail a tha ann an co-dhàimh ri dearmad ann an nithean air am faotainn.

A thaobh so-mhaoin a tha air an cumail aig cosgais luach-crìonaidh, is e meud a' mhillidh na h-eadar-dhealachaidhean eadar luach giùlain an t-so-mhaoin agus an luach làithreach a thathar a' meas a bhios aig an t-sruth airgid aig an àm ri teachd le lasachadh a rèir reata rèidh a bha aig an t-so-mhaoin ionmhasail o thùs.

Seirbheis' principal customer, and are initially measured at fair value, plus transaction costs.

### ***Receivables is the only category of financial asset held by the Seirbheis***

Trade receivables and other receivables that have fixed or determinable payments that are not quoted in an active market are classified as "receivables". They are measured at amortised cost using the effective interest method, less any impairment. Interest income is recognised by applying the effective interest rate, except for short-term receivables when the recognition of interest would be immaterial.

### ***Impairment of financial assets***

Financial assets are assessed for indicators of impairment at the date of each Statement of Financial Position. Financial assets are impaired where there is objective evidence that, as a result of one or more events that occurred after the initial recognition of the financial asset, the estimated future cash flows of the investment have been affected.

For certain categories of financial assets, such as trade receivables, assets that are assessed not to be impaired individually are, in addition, assessed for impairment on a collective basis. Objective evidence of impairment for a portfolio of receivables could include the Seirbheis' past experience of collecting payments, an increase in the number of delayed payments in the portfolio past the average credit period, as well as observable changes in national or local economic conditions that correlate with default on receivables.

For financial assets carried at amortised cost, the amount of the impairment is the differences between the asset's carrying amount and the present value of estimated future cash flows, discounted at the financial asset's original effective interest rate.



Tha luach làithreach an t-so-mhaoin ionmhasail air a lùghdachadh gu dìreach leis a' chall millidh a thaobh nan so-mhaoinean ionmhasail ach a' fàgail a-mach nithean air am faotainn tro mhalairt far a bheil an luach làithreach air a lùghdachadh tro bhith a' cleachdadh cunntas cuibhreann. Far a bheilear a' meas nach gabh nì air faotainn tro mhalairt a thionail thathar ga chur às an aghaidh a' chunntais chuibhrinn. Tha atharrachaidhean sa chunntas làithreach den chunntas cuibhreann air an aithneachadh mar phrothaid no call.

### ***Dì-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail***

Tha an t-Seirbheis a' dèanamh dì-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail a-mhàin an uair a tha còraichean cunnradail an t-sruth-airgid bho so-mhaoin a bhith a' crìochnachadh, air neo an uair a thèid an t-so-mhaoin ionmhasail atharrachadh agus a tha na riosgan agus na duaisean air fad agus an sealbh den t-so-mhaoin a' gluasad gu buidheann eile. Mur a dèan an t-Seirbheis atharrachadh no mur a cùm i na riosgan agus na duaisean seilbh agus a leanas i oirre a' cumail smachd air an t-so-mhaoin a chaidh a ghluasad, bidh an t-Seirbheis a' toirt aithne do dh'ùidh leantainneach san t-so-mhaoin agus fiachan co-cheangailte airson suimean is dòcha a dh'fheumar a phàigheadh. Ma chumas an t-Seirbheis gu tàbhachdach na riosgan agus na duaisean seilbh a tha aig so-mhaoin ionmhasail a chaidh atharrachadh, leanaidh an t-Seirbheis oirre ag aithneachadh an t-so-mhaoin ionmhasail agus bheir i aithne cuideachd do iasad colatarail airson an teachd-a-steach a fhuaras.

Ann a bhith a' dèanamh dì-aithneachadh air so-mhaoin ionmhasail gu tur, bidh an t-eadar-dhealachadh eadar sùim leantainneach an t-so-mhaoin agus sùim a' bhreithneachaidh a chaidh fhaotainn agus a dh'fhaodar fhaighinn agus a' bhuannachd no an call tionalach a chaidh aithneachadh ann an teachd-a-steach iomlan eile agus a chaidh a chàrnadh ann an cothromas air aithneachadh san Aithris air Teachd-a-steach Iomlan.

### ***Is e do-mhaoin ionmhasail eile an t-aon seòrsa do-mhaoin ionmhasail a tha aig an t-Seirbheis***

Tha do-mhaoin ionmhasail eile, a' gabhail a-steach nithean air am pàigheadh tro mhalairt air am measadh air tùs aig luach chothromach, às aonais cosgaisean tar-ghnìomh.

Tha do-mhaoin ionmhasail eile an dèidh seo air an tomhas aig cosgais luach-chrìonaidh a' cleachdadh a' mhodh rèidh

The carrying amount of the financial asset is reduced by the impairment loss directly for all financial assets with the exception of trade receivables, where the carrying amount is reduced through the use of an allowance account. When a trade receivable is considered uncollectable, it is written off against the allowance account. Subsequent recoveries of amounts previously written off are credited against the allowance account. Changes in the carrying amount of the allowance account are recognised in profit or loss.

### ***Derecognition of financial assets***

The Seirbheis derecognises a financial asset only when the contractual rights to the cash flows from the asset expire, or when it transfers the financial asset and substantially all the risks and rewards of ownership of the asset to another entity. If the Seirbheis neither transfers nor retains substantially all the risks and rewards of ownership and continues to control the transferred asset, the Seirbheis recognises its retained interest in the asset and an associated liability for amounts it may have to pay. If the Seirbheis retains substantially all the risks and rewards of ownership of a transferred financial asset, the Seirbheis continues to recognise the financial asset and also recognises a collateralised borrowing for the proceeds received.

On derecognition of a financial asset in its entirety, the difference between the asset's carrying amount and the sum of the consideration received and receivable and the cumulative gain or loss that had been recognised in other comprehensive income and accumulated in equity is recognised in the Statement of Comprehensive Income.

### ***Other financial liabilities is the only category of financial liabilities held by the Seirbheis***

Other financial liabilities, including trade payables, are initially measured at fair value, net of transaction costs.

Other financial liabilities are subsequently measured at amortised cost using the effective interest method, with





# Notaichean ris na cunntasan

## Notes to the accounts

èifeachdaich, le cosgais rèidh air aithneachadh air bhun-stèidh toradh èifeachdach.

Is e modh rèidh èifeachdach modh-obrach a thaobh a bhith ag obrachadh a-mach cosgais luach-chrionaidh de dhomhaoin ionmhasail agus a bhith a' riarachadh cosgais rèidh thar na h-ùine iomchaidh. Is e an ìre an rèidh èifeachdaich an ìre a tha gu dìreach a' lasachadh nam pàighidhean a thathar a' meas a bhios air an dèanamh san àm ri teachd tron bheatha a thathar a' sùileachadh a bhios aig an domhaoin, no, far a bheil e iomchaidh, ùine nas giorra, chun t-sùim luim air a thoirt air adhart air aithneachadh sa chiad dol a-mach.

### ***Dì-aithneachadh air do-mhaoin ionmhasail***

Tha an t-Seirbheis a' dì-aithneachadh do-mhaoin ionmhasail, an uair, agus a-mhàin an uair, a tha dleastanasan na Seirbheise air an coileanadh, air an dubhadh às no a tha iad air ruith a-mach. Tha an t-eadar-dhealachadh eadar an t-sùim a tha air a thoirt air adhart den do-mhaoin ionmhasail air a dhì-aithneachadh agus tha am breithneachadh pàighte agus ri phàigheadh air aithneachadh san Aithris air Teachd-

interest expense recognised on an effective yield basis.

The effective interest method is a method of calculating the amortised cost of a financial liability and of allocating interest expense over the relevant period. The effective interest rate is the rate that exactly discounts estimated future cash payments through the expected life of the financial liability, or, where appropriate, a shorter period, to the net carrying amount on initial recognition.

### ***Derecognition of financial liabilities***

The Seirbheis derecognises financial liabilities when, and only when, the Seirbheis' obligations are discharged, cancelled or have expired. The difference between the carrying amount of the financial liability derecognised and the consideration paid and payable is recognised in the Statement of Comprehensive Income.

74

## 2

### GABHAIL RI INBHEAN ÙRA AGUS ATH-SGRÙDAICHTE

Aig ceann-là ùghdarrachaidh nan aithrisean ionmhasail seo, tha na h-Ìrean agus na Mineachaidhean a leanas nach deach an cur an cèill sna h-aithrisean ionmhasail seo air an cur a-mach ach cha robh iad fhathast èifeachdach (agus ann an cuid de shuidheachaidhean cha robh iad fhathast air an gabhail riutha leis an EU):

- IFRS 16, Gabhaltasan (èifeachdach 1 Faoilleach 2019)
- IFRIC 22, Tar-ghnìomhan Ruith-airgead Cèin agus Àrd Bhreithneachaidhean (èifeachdach 1 Faoilleach 2018)
- Soilleireachaidhean ri IFRS 15 Teachd a-steach bho Chunnraidhean le Luchd-dèilig - èifeachdach airson àm a mhaireas bliadhna air neo an dèidh 1 Faoilleach 2018

### ADOPTION OF NEW AND REVISED STANDARDS AND AMENDMENTS

At the date of authorisation of these financial statements, the following Standards and Interpretations which have not been applied in these financial statements were in issue but not yet effective (and in some cases had not yet been adopted by the EU):

- IFRS 16, Leases (effective 1 January 2019)
- IFRIC 22, Foreign Currency Transactions and Advanced Considerations (effective 1 January 2018)
- Clarifications to IFRS 15 Revenue from Contracts with Customers – effective for annual periods on or after 1 January 2018



## Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

Le bhith a' gabhail ri IFRS 16 gheibhear so-mhaoin agus do-mhaoin tuairmsichte luach £2m co-cheangailte ri oifisean agus stiuidothan ann an Steòrnabhagh a thèid a thoirt air adhart chun na h-Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail.

Chan eil na buill dhan bheachd gum bi buaidh shusbainteach aig a bhith a' gabhail ris na h-Ìrean agus na Mineachaidhean a chaidh an liostadh gu h-àrd, a thuilleadh air IFRS 16, air aithrisean ionmhasail a' Bhùird sna h-amannan ri teachd.

Chaidh beachdachadh air agus gabhail leis an t-Seirbheis ris na h-atharrachaidhean a leanas ris an IFRS', a tha èigneachail sa bhliadhna a tha an làthair, a chuireadh a-mach le Bòrd Eadar-nàiseanta nan Inbhean Cunntasachd:

- IFRS 9, Ionnsramaidean Ionmhasail (2014) (èifeachdach 1 Faoilleach 2018)
- IFRS 15, Teachd a-steach bho Chunnraidhean le Luchd-dèilig (èifeachdach 1 Faoilleach 2018)
- Atharrachaidhean ris an IAS 16 agus IAS 38 Soilleireachadh air Modhan ris a bheilear a' gabhail airson Ìsleachadh agus Luach-chrìonadh
- Cearcall Leasachaidhean Bliadhna 2012-2014
- Leasachaidhean ri IAS 1 – Iomairt Foillseachaidh
- Leasachaidhean ri IAS 7 – Iomairt Foillseachaidh
- Iomairt Foillseachaidh (Leasachaidhean ri IAS 7) – èifeachdach airson amannan a mhaireas airson bliadhna air neo an dèidh 1 Faoilleach 2017
- Leasachaidhean Bliadhna ri Inbhean IFRS Cearcall 2014-2016 – èifeachdach airson amannan a mhaireas airson bliadhna air neo an dèidh 1 Faoilleach 2018 (IFRS 1 agus IAS 28) agus 1 Faoilleach 2017 (IFRS 12).

The adoption of IFRS 16 will result in an estimated £2m asset and liability, relating to the offices and studios in Stornoway, being brought on to the Statement of Financial Position.

The members do not expect that the adoption of the Standards and Interpretations listed above, with the exception of IFRS 16, will have a material impact on the financial statements of the Seirbheis in future periods.

The following amendments to IFRS, issued by the International Accounting Standards Board, that are mandatorily effective in the current year have been considered and adopted by the Seirbheis:

- IFRS 9, Financial Instruments (2014) (effective 1 January 2018)
- IFRS 15, Revenue from Contracts with Customers (effective 1 January 2018)
- Amendments to IAS 16 and IAS 38 Clarification of Acceptable Methods of Depreciation and Amortisation
- Annual Improvements 2012-2014 Cycle
- Amendments to IAS 1 – Disclosure Initiative
- Amendments to IAS 7 – Disclosure Initiative
- Disclosure Initiative (Amendments to IAS 7) – effective for annual periods on or after 1 January 2017
- Annual improvements to IFRS Standards 2014-2016 Cycle – effective for annual periods beginning on or after 1 January 2018 (IFRS 1 and IAS 28) and 1 January 2017 (IFRS 12).



## Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

### 3

#### BREITHNEACHAIDHEAN CUNNTASACHD DEATAMACH AGUS PRÌOMH THÙSAN MEASADH NEO-CHINNT

Ann a bhith a' cur an cèill poileasaidhean cunntasachd na Seirbheise, a tha air am mìneachadh ann an nota 1, feumaidh am Bòrd a thighinn gu co-dhùnaidhean, tuairmsean agus beachdan mu na suimean a tha air an toirt air adhart a thaobh na so-mhaoin agus na do-mhaoin nach eil furasta mothachadh dhaibh bho thùsan eile. Tha na tuairmsean agus na beachdan co-cheangailte air an aithneachadh, stèidhichte air eòlas eachdraidheil agus factaran eile a thathar a' meas a tha iomchaidh. Dh'fhaodadh na toraidhean aig a' cheann thall a bhith eadar-dhealaichte ris na tuairmsean sin.

Tha na tuairmsean agus na ro-bheachdan air a bheil iad stèidhichte air an ath-sgrùdadh air bhun-stèidh leantainneach. Tha atharrachaidhean ris na tuairmsean cunntasachd air an aithneachadh airson an ama anns a bheil an tuairmse air atharrachadh ma tha an t-atharrachadh a' toirt buaidh a-mhàin air an àm sin, no ann an àm an atharrachaidh agus na h-amannan ri teachd ma tha an t-atharrachadh a' toirt buaidh air na h-amannan làithreach agus na h-amannan ri teachd.

#### **Breithneachaidhean deatamach a thaobh a bhith a' cur an cèill poileasaidhean cunntasachd na Seirbheise**

Is iad na leanas na breithneachaidhean deatamach, a thuilleadh air an fheadhainn a tha a' gabhail a-steach tuairmsean (a tha air dèiligeadh riutha fa leth gu h-ìosal), a tha am Bòrd air a dhèanamh sa phròiseas a bhith a' cur an cèill poileasaidhean cunntasachd na Seirbheise agus aig a bheil a' bhuidheas as brìgheil air na suimean a tha air an aithneachadh ann an aithrisean ionmhasail.

- Luach Riochdachaidhean rin Craoladh

Tha an t-Seirbheis ag aithneachadh luachadh chlàran seilbhe: riochdachaidhean a tha rin craoladh mar luach ceannachd chòraichean craolaidh a chaidh an ceannachd bho luchd-riochdachaidh. Tha luach nan còraichean air am meas mar a bhith air a chosg an uair a thèid ciad craoladh a dhèanamh den phrògram le ath-chraolaidhean fon chead a chaidh fhaotainn air fhaicinn aig luach airgid de bheag seadh. Mar thoradh air a' cho-dhùnadh seo, tha luach nan

#### CRITICAL ACCOUNTING JUDGEMENTS AND KEY SOURCES OF ESTIMATION UNCERTAINTY

In the application of the Seirbheis' accounting policies, which are described in note 1, the members are required to make judgements, estimates and assumptions about the carrying amounts of assets and liabilities that are not readily apparent from other sources. The estimates and associated assumptions are based on historical experience and other factors that are considered to be relevant. Actual results may differ from these estimates.

The estimates and underlying assumptions are reviewed on an ongoing basis. Revisions to accounting estimates are recognised in the period in which the estimate is revised if the revision affects only that period, or in the period of the revision and future periods if the revision affects both current and future periods.

#### **Critical judgements in applying the Seirbheis' accounting policies**

The following are the critical judgements, apart from those involving estimations (which are dealt with separately below), that the Members have made in the process of applying the Seirbheis' accounting policies and that have the most significant effect on the amounts recognised in financial statements.

- Valuation of Productions to be Transmitted

The Seirbheis recognises the valuation of inventories: productions to be transmitted as being the purchase value of broadcasting rights purchased from producers. The value of these rights is considered expensed on first transmission of the programme with repeats under the acquired licence being of negligible monetary value. As a result of this decision, the value of productions to be transmitted disclosed in the Statement of Financial Position





## Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

riochdachaidhean air an craoladh a tha air ainmeachadh san Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail mar prìs ceannachd phrògraman a tha fhathast rin craoladh agus còraichean sam bith an cois sin.

- Co-bhanntachd BBC ALBA

Is e prìomh ghnìomh na Seirbheise a bhith a' ruith obair BBC ALBA, an t-seanail telebhisean Gàidhlig, ann an co-bhanntachd leis a' BhBC. Is e seanail fo chead a' BhBC a tha ann am BBC ALBA. Tha an t-seanail ag obair fo chùmhnannt an Aonta Laghail eadar MG ALBA agus am BBC. Tha an t-Seirbheis ag aithneachadh gu bheil i an eisimeil taic leantainneach, aig ìrean iomchaidh fiosgail, bho mhinistearan Riaghaltas na h-Alba gus obair a chumail seasmhach a thaobh a bhith a' riarachadh a chom-pàirteachas le BBC ALBA mar am prìomh nì ann a bhith a' libhrigeadh dhleastanasan MG ALBA. An dèidh ceistean a thogail, tha na buill riarachaidhean gun lean an càirdeas agus mar sin tha iad ag ullachadh nan cunntasan air stèidh leantainneach mar a tha air a mhineachadh ann an nota 1.

represents the purchase price of programmes yet to be broadcast and any related rights.

- BBC ALBA Partnership

The principal activity of the Seirbheise is running the operations of BBC ALBA, the Gaelic television channel, in partnership with the BBC. BBC ALBA is a BBC licenced channel. The channel is operated under the terms of the Collaboration Agreement between MG ALBA and the BBC. The Seirbheise recognises its reliance on the Scottish Government ministers' continued financial support at appropriate fiscal levels to maintain its operations to satisfy the BBC ALBA partnership as being key to the delivery of MG ALBA's functions. After making enquiries, the members are satisfied that the ongoing relationship will continue and have therefore adopted the going concern basis in preparing the accounts, as explained in note 1.



Notaichean ris na cunntasan  
Notes to the accounts

## 4

### (EASBHÀIDH)/CÒRR OBRACHAIDH | OPERATING SURPLUS/(DEFICIT)

	2018 £	2017 £	
Tha còrr/(easbhaidh) obrachaidh air a h-aithris an dèidh cosgais/(creideasachadh):			Operating surplus/(deficit) is stated after charging/(crediting):
Siubhail agus teachd-an-tìr – Buill	16,017	21,032	Travel and subsistence – Members
Siubhail agus teachd-an-tìr – Luchd-obrach	129,353	159,353	Travel and subsistence – Staff
Pàigheadh an neach-sgrùdadh – Sgrùdadh	19,900	20,420	Auditor's remuneration – Audit
Pàigheadh an neach-sgrùdadh – Neo-sgrùdadh	-	-	Auditor's remuneration – Non-audit
Ìsleachadh	369,197	384,403	Depreciation
Luach-chronaidh	5,011	4,867	Ammortisation
Saoradh tabhartais chalpa	<u>(60,000)</u>	<u>(60,000)</u>	Capital grant credit

## 5

### COSGAISEAN IONMHAIS LOM | NET FINANCE COSTS

78

	2018 £	2017 £	
Riadh ri fhaotainn	387	1,409	Interest receivable
Riadh ri fhaotainn & cisean coltach	<u>(1,944)</u>	<u>(2,647)</u>	Interest payable & similar charges
Riadh lom ri phàigheadh	<u>(1,557)</u>	<u>(1,238)</u>	Net finance costs

## 6

### CÌSEAN | TAXATION

	2018 £	2017 £	
Tha cisean air riadh a fhuaras airson na bliadhna mar a leanas:			The taxation charge on interest received for the year is as follows:
Cis Chorporra na RA @ 19% (2017:20%)	<u>78</u>	<u>282</u>	UK Corporation tax @ 19% (2017: 20%)



## 7

### PÀIGHEADH AN ÀRD-OIFIGEIR & LUCHD-COSNAIDH

B' e àireamh chuibheasach nan daoine (an t-Àrd-Oifigear nam measg) a bha ann an cosnadh aig a' Bhòrd rè na bliadhna 31. (2017:31).

### CHIEF EXECUTIVE & EMPLOYEES' REMUNERATION

The average number of persons (including the Chief Executive) employed by the Board during the year was 31. (2017:31).

	2018 £	2017 £	
<b>Cosgaisean Luchd-cosnaidh (do na daoine gu h-àrd)</b>			<b>Employee costs (for above persons)</b>
Duaisean agus Tuarastail Bliadhna	1,123,043	1,102,588	Wages and salaries
Cosgaisean Tèarainteachd Sòisealta	122,264	110,491	Social security costs
Cosgaisean peinnsein eile (faic nota 18)	162,376	157,268	Other pension costs (see note 18)
	<u>1,407,683</u>	<u>1,370,347</u>	

	2018 £	2017 £	
<b>Chaidh na cosgaisean gu h-àrd a roinn mar a leanas:</b>			<b>The above costs have been allocated across departments as follow:</b>
Cosgaisean rianachd	349,385	449,095	Administrative expenses
Rianachd Seanail	375,357	461,587	Channel administration
Cosgaisean obrachaidh na Seanail	283,908	221,187	Channel operating costs
Riochdachaidhean	399,033	238,478	Productions
	<u>1,407,683</u>	<u>1,370,347</u>	

79

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh ann an 2017 air sònrachadh ghoireasan luchd-obrach gu rianachd, manaidseachd seanail agus susbaint seanail le ath chuir de chosgaisean tuarastail air a dhèanamh a rèir nan raointean cleachdaidh.

In 2017 a review was carried out on the apportioning of staffing resources to administration, channel management and channel content with a reallocation of salary costs being made in line with the areas of resource utilization.

	2018 £	2017 £	
<b>Bha pàigheadh a thaobh an neach-obrach a bu mhotha a bha a' faighinn de thuarastal mar a leanas:</b>			<b>Remuneration in respect of the highest paid employee was as follows:</b>
Dioladh-dreuchda (agus sochairean mar an ceudna)	100,081	99,140	Emoluments (including benefits in kind)
Tabhartasan peinnsein ri sgeama ceannach airgid bho pheinnsenan (faic nota 18)	15,012	14,121	Pension contributions to money purchase pension scheme (see note 18)
	<u>115,093</u>	<u>113,261</u>	





Notaichean ris na cunntasan  
Notes to the accounts

8

CATHRAICHE & BULL | CHAIRPERSON & MEMBERS

Thàinig pàigheadh agus dìolaidhean eile, agus sochairean a fhuair an Cathraiche gu £11,460 (2017: £11,460)

Fees and other emoluments, including benefits, received by the Chairperson amounted to £11,460 (2017: £11,460)

	2018 Àireamh Number	2017 Àireamh Number	
Seo an àireamh de Bhuill eile a fhuair suimean taobh a-staigh nam bannan a leanas:			The number of other Members who received amounts falling within the following bands was:
0 - £4,999	-	1	0 - £4,999
£5,000 - £9,999	8	8	£5,000 - £9,999

80

9

SO-MHAOIN NEO-LÀIMHSEACHAIL | INTANGIBLE ASSETS

	Bathar-bog coimpiutair	
	Computer software	
	£	
<i>Cosgais</i>		<i>Cost</i>
Aig 1 Giblean 2017	24,337	At 1 April 2017
Cur-ris	8,693	Additions
<b>Aig 31 Màrt 2018</b>	<b>33,030</b>	<b>At 31 March 2018</b>
<i>Ìsleachadh</i>		<i>Depreciation</i>
Aig 1 Giblean 2017	4,867	At 1 April 2017
Cosgais airson bliadhna	5,011	Charge for year
<b>Aig 31 Màrt 2018</b>	<b>9,878</b>	<b>At 31 March 2018</b>
<i>Luach Leabhair Lom</i>		<i>Net Book Values</i>
<b>Aig 31 Màrt 2018</b>	<b>23,152</b>	<b>At 31 March 2018</b>
<b>Aig 31 Màrt 2017</b>	<b>19,470</b>	<b>At 31 March 2017</b>



## 10

### SEILBH, ACAINN & UIDHEAM | PROPERTY, PLANT & EQUIPMENT

	<b>Talamh &amp; Toglaichean</b>	<b>Acainn &amp; Uidheam</b>	<b>Uidheam Stiùidio</b>	<b>Iomlan</b>	
	<b>Land &amp; Buildings.</b>	<b>Plant &amp; Equip.</b>	<b>Studio Equip.</b>	<b>Total</b>	
	<b>£</b>	<b>£</b>	<b>£</b>	<b>£</b>	
<i>Cosgais</i>					<i>Cost</i>
Aig 1 Giblean 2017	1,179,847	228,738	3,980,970	5,389,555	At 1 April 2017
Cur-ris	12,732	106,270	84,914	203,916	Additions
Cur-às	-	(1,104)	-	(1,104)	Disposals
<b>Aig 31 Màrt 2018</b>	<b>1,192,579</b>	<b>333,904</b>	<b>4,065,884</b>	<b>5,592,367</b>	<b>At 31 March 2018</b>
<i>Isleachadh</i>					<i>Depreciation</i>
Aig 1 Giblean 2017	967,324	171,423	3,502,664	4,641,411	At 1 April 2017
Cosgais airson bliadhna	179,076	37,714	152,407	369,197	Charge for year
Cur-às	-	(735)	-	(735)	Disposals
<b>Aig 31 Màrt 2018</b>	<b>1,146,400</b>	<b>208,402</b>	<b>3,655,071</b>	<b>5,009,873</b>	<b>At 31 March 2018</b>
<i>Luach Leabhair Lom</i>					<i>Net Book Values</i>
<b>Aig 31 Màrt 2018</b>	<b>46,179</b>	<b>125,502</b>	<b>410,813</b>	<b>582,494</b>	<b>At 31 March 2018</b>
<b>Aig 31 Màrt 2017</b>	<b>212,523</b>	<b>57,315</b>	<b>478,306</b>	<b>748,144</b>	<b>At 31 March 2017</b>

81

#### So-mhaoin air an cumail fo Ghabhantas Ionmhais

Tha luach leabhair lom acainn & uidheam aig 31 Màrt 2018 a' gabhail a-steach carbaidean luach £8,141 (2017: £10,854) a thaobh so-mhaoin air a cumail fo chùmhnannt ceannach fastaidh. Chaidh cis isleachaidh £2,713 (2017: £3,618) a leagail an co-cheangal ris an t-so-mhaoin seo sa bhliadhna.

#### Assets held under Finance Lease

The net book value of plant & equipment at 31 March 2018 includes motor vehicles of £8,141 (2017: £10,854) in respect of assets held under hire purchase contracts. Depreciation of £2,713 (2017: £3,618) was charged in relation to these assets in the year.



Notaichean ris na cunntasan  
Notes to the accounts

## 11

### MALAIRT & NITHEAN EILE A THA RI FHAIGHINN | TRADE & OTHER RECEIVABLES

	2018 £	2017 £	
Nithean malairt ri fhaighinn	106,556	170,887	Trade receivables
Ro-phàighidhean agus teachd-a-steach tàrmaichte	324,204	107,164	Prepayments and accrued income
	<u>430,760</u>	<u>278,051</u>	

Aois fiachan a tha seachad air an ceann-là pàighidh ach a thathar a' sùileachadh:

The ageing profile of trade receivables, including those past due but not impaired:

	2018 £	2017 £	
Chan eil e ri phàigheadh fhathast	57,940	170,791	Not due
31-60 là	-	-	31-60 days
61-90 là	616	-	61-90 days
>91 là	48,000	96	>91 days
	<u>106,556</u>	<u>170,887</u>	

82

## 12

### MALAIRT & NITHEAN EILE A THA RI PHÀIGHEADH | TRADE AND OTHER PAYABLES

DO-MHAOIN LÀITHREACH	2018 £	2017 £	CURRENT LIABILITIES
Malairt & nithean eile a tha ri phàigheadh	300,152	281,822	Trade & other payables
Luchd-creideis eile	53,736	165,961	Other creditors
Do-mhaoin Cis Làithreach	78	282	Current Tax Liabilities
	<u>353,966</u>	<u>448,065</u>	

DO-MHAOIN NEO-LÀITHREACH	2018 £	2017 £	NON-CURRENT LIABILITIES
Neach-creideis HP	1,010	5,054	HP creditor

## 13

### TEACHD-A-STEACH AN DÀIL | DEFERRED INCOME

	2018 £	2017 £	
Tabhartas an dàil – Riochdachaidhean nach deach an craoladh fhathast	4,404,525	3,523,214	Deferred Grant – Productions yet to be broadcast





## 14

### TABHARTASAN CALPA AN DÀIL | DEFERRED CAPITAL GRANTS

Tha tabhartasan an dàil a' riochdachadh tabhartasan a fhuair mar chuideachadh a thaobh uidheam airson an stiùidio a leasachadh.

Deferred grants represent grants received as contributions in respect of equipment for the studio upgrade.

	2018 £	2017 £	
Tabhartasan an dàil air an toirt air adhart	60,000	120,000	Deferred grants brought forward
Air an saoradh chun Aithris air Teachd-a-steach Iomlan	(60,000)	(60,000)	Released to the Statement of Comprehensive Income
Mar aig 31 Màrt	-	60,000	As at 31 March

## 15

### GEALLTANASAN RIOCHDACHAIDH | PRODUCTION COMMITMENTS

Mar aig 31 Màrt 2018 bha ro-gealltanasan chùmhnanan riochdachaidh de £19,842,390 (2017:£1,719,232) ann. Tha an gealltanais seo ri phàigheadh thar 4 bliadhna (2017: 3 bliadhna) mar a leanas:

As at 31 March 2018 forward production contract commitments were £19,842,390 (2017:£1,719,232). This commitment is payable over 4 years (2017: 3 years) as follows:

	2018 £	2017 £	
2017/18	-	1,698,132	2017/18
2018/19	7,591,629	15,550	2018/19
2019/20	6,883,531	5,550	2019/20
2020/21	4,663,256	-	2020/21
2021/22	703,974	-	2021/22
	<b>19,842,390</b>	<b>1,719,232</b>	

Ann an 2017 chaidh an t-Seirbheis an sàs ann an cùmhnanan riochdachaidh phasgain 3-bliadhna agus 4-bliadhna le 9 companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach gus prògramadh fàd ùine a libhrigeadh thar raon farsaing de ghnèithean. Tha luach an t-seilbh seo air a shealltainn san ìre nas àirde de ghealltanais aig 31 Màrt 2018.

In 2017 the Service entered into 3-year and 4-year volume deals with 9 independent production companies to provide high volume programming across a wide range of genres. The value of this investment is reflected in the higher level of commitments at 31 March 2018.



Notaichean ris na cunntasan  
Notes to the accounts

## 16

### GEALLTANASAN GABHALTAIS: PÀIGHIDHEAN GABHALTAIS ÌOS MHEUD

### LEASING COMMITMENTS: MINIMUM LEASE PAYMENTS

	2018 £	2017 £	
Pàighidhean gabhaltais fo ghabhaltasan obrachaidh air an aithneachadh mar chosgais sa bhliadhna	138,213	136,287	Lease payments under operating leases recognised as an expense in the year

Aig ceann-là an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, bha gealltanasan airson pàighidhean gabhaltais san àm ri teachd fhathast rim pàigheadh fo ghabhaltasan nach gabhadh an dubhadh às, rim pàigheadh mar a leanas:

At the date of the Statement of Financial Position, the Seirbheis had outstanding commitments for future minimum lease payments under non-cancellable operating leases, which fall due as follows:

	2018 Talamh & Toglaichean		2017 Talamh & Toglaichean		
	Land & Buildings. £	Other £	Land & Buildings. £	Other £	
Rim pàigheadh taobh a-staigh aon bhliadhna	120,000	16,836	120,000	17,252	Due within one year
Rim pàigheadh taobh a-staigh 1-5 bliadhna	480,000	29,904	480,000	45,990	Due within 1-5 years
Rim pàigheadh taobh a-staigh còrr air 5 bliadhna	1,800,000	-	1,920,000	750	Due in more than 5 years
	<b>2,400,000</b>	<b>46,740</b>	<b>2,520,000</b>	<b>63,992</b>	

## 17

### AONTAN CALPA | CAPITAL COMMITMENTS

Cha robh aontan calpa aig an t-Seirbheis aig 31 Màrt 2018 (2017: neoni).

The Seirbheis had no capital commitments at 31 March 2018 (2017: nil).



## 18

### SGEAMA PEINNSEIN | PENSION SCHEME

Tha an t-Seirbheis ag ullachadh thabhartasan peinnein ro-shocraichte do gach neach-cosnaidh a tha airidh air. Tha na so-mhaoin air an cumail fa leth bho so-mhaoin na Seirbheise ann am maoinean rianaichte gu neo-eisimeileach aig companaidhean àrachais. Tha cosgais a' pheinnein airson na bliadhna, aig caochladh reataichean a rèir an tuarastail, a' riochdachadh nan tabhartasan a tha rim pàigheadh leis an t-Seirbheis do na maoinean agus a' tighinn gu £162,376 (2017: £157,268).

The Seirbheis operates defined contribution pension arrangements for all eligible employees. The assets are held separately from those of the Seirbheis in independently administered funds with insurance companies. The pension cost for the year, at variable rates based on salaries, represents the contributions payable by the Seirbheis to the funds and amounts to £162,376 (2017: £157,268).

## 19

### IONNSRAMAIDEAN IONMHASAIL | FINANCIAL INSTRUMENTS

Tha obair na Seirbheise ga fàgail fosgailte ri grunnan riosg ionmhasail:

- riosg creideis – an comas gu faod pàrteachasan eile gun an t-airgead iomchaidh a phàigheadh;
- riosg sgaoilidh - an comas gu faod nach bi am maoin aig a' Bhòrd airson coinneachadh ri dhealasan gus pàighidhean a dhèanamh; agus
- riosg margaidh - an comas gu faod call ionmhasail èiridh mar thoradh air atharrachaidhean ann an tomhasan mar reataichean rèidh no reataichean co-luach cèin.

Mar thoradh air nàdar a gnìomhan agus an dòigh anns a bheil an t-Seirbheis air a stèidheachadh, chan eil an t-Seirbheis fosgailte don ìre de riosg ionmhasail a tha aig buidhnean gnothachais corporra.

The Seirbheis' activities expose it to a variety of financial risks:

- credit risk - the possibility that other parties might fail to pay amounts due;
- liquidity risk – the possibility that the Seirbheis might not have the funds available to meet its commitments to make payments; and
- market risk – the possibility that financial loss may arise as a result of changes in such measures as interest rates or foreign exchange rates.

As a result of the nature of its activities and the way the Seirbheis is set up, the Seirbheis is not exposed to the degree of financial risk faced by corporate business entities.





## Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

### **Riosg creideis**

Tha riosg creideis a' tighinn bho airgead-làimhe agus nithean co-ionann ri airgead-làimhe, tasgaidhean ann am bancaichean agus ann an institiutan eile, cho math ri fosglaidhean creideas luchd-dèilig, a' gabhail a-steach tasgaidhean air leth agus gnìomhan-malairt daingeann.

A thaobh bancaichean agus buidhnean eile, chan eilear a' gabhail ach pàrteachasan a tha air am measadh gu neo-eisimeileach le measadh aig ìre 'A'.

Tha luchd-dèilig air am measadh, a' gabhail a-steach an suidheachadh ionmhasail, an t-eòlas a bha aca agus factaran eile, le ìrean creideis fa-leth air an sgrùdadh gu mionaideach tron bhliadhna.

Cha robh cunntas ann a thaobh a bhith a' faighinn airgead air ais bho luchd-fiach san àm seo, agus cha robhar a' sùileachadh call mar thoradh air neo-choileanadh le contra-phàrtaidh a thaobh tasgaidhean.

### **Riosg sgaoilidh**

Tha an clàr gu h-ìosal a' dèanamh anailis air sgaoilidhean ionmhasail a rèir buidhnean abachaidh iomchaidh stèidhichte air an àm a tha air fhàgail aig an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail chun a' chinn-là abachaidh chunradail. Tha na suimean a tha air am foillseachadh sa chlàr nan sruthan-airgid cunradail neo-lasaichte agus a' riochdachadh ìomhaigh abachaidh nam fiachan. Tha na cothromachaidhean a tha rim pàigheadh taobh a-staigh 12 mìos co-ionann ris an luach leantainneach aca leis gu bheil buaidh lasachaidh neo-chudromach.

### **Credit risk**

Credit risk arises from cash and cash equivalents, deposits with banks and other institutions, as well as credit exposures to customers, including outstanding receivables and committed transactions.

For banks and other institutions, only independently rated parties with a minimum rating of 'A' are accepted.

Customers are assessed, taking into account their financial position, past experience and other factors, with individual credit limits being closely monitored throughout the year.

No recoverability issues were noted with debtors in the period, and no losses are expected from non-performance by any counterparties in relation to deposits.

### **Liquidity risk**

The table below analyses the financial liabilities into relevant maturity groupings based on the remaining period at the Statement of Financial Position to the contractual maturity date. The amounts disclosed in the table are contractual undiscounted cash flows and represents the expected maturity profile of the liabilities. Balances due within 12 months equal their carrying value as the impact of discounting is not significant.



## Notaichean ris na cunntasan Notes to the accounts

	<b>Nas lugha na 1 bhliadhna</b>	<b>Eadar 1 agus 2 bhliadhna</b>	Eadar 2 agus 5 bliadhna	Thairis air 5 bliadhna	
	<b>Less than 1 year £</b>	<b>Between 1 and 2 years £</b>	Between 2 and 5 years £	Over 5 years £	
Aig 31 Màrt 2018					At 31 March 2018
Malairt & nithean eile a tha ri phàigheadh	335,466	1,010	-	-	Trade and other payables
<b>Uile gu lèir</b>	<b>335,466</b>	<b>1,010</b>	<b>-</b>	<b>-</b>	<b>Total</b>
Aig 31 Màrt 2017					At 31 March 2017
Malairt & nithean eile a tha ri phàigheadh	448,065	-	5,054	-	Trade and other payables
<b>Uile gu lèir</b>	<b>448,065</b>	<b>-</b>	<b>5,054</b>	<b>-</b>	<b>Total</b>

Tha malairt agus nithean eile a tha ri fhaotainn rim pàigheadh taobh a-staigh 1 bliadhna.

All trade and other receivables are due within 1 year.

### **Riosg margaidh**

### **Market risk**

#### **i) Riosg ìre rèidh**

Chan eil so-mhaoin no do-mhaoin cudromach aig an t-Seirbheis a tha a' giùlain riadh agus mar sin tha sruthan airgid teachd-a-steach agus caiteachas gu ìre mhòr neo-eisimeileach bho atharrachaidhean ann an reataichean rèidh na margaidh.

#### **i) Interest rate risk**

The Seirbheis has no significant interest bearing assets or liabilities and as such income and expenditure cash flows are substantially independent of changes in market interest rates.

#### **ii) Riosg airgead cèin**

Chan eil an t-Seirbheis fosgailte do riosg airgead cèin.

#### **ii) Foreign currency risk**

The Seirbheis is not exposed to foreign currency risk.

### **Tuairmse Luach Cothromach**

### **Fair Value Estimation**

Tha an luach toirt air adhart de dh'airgead agus co-ionann ri airgead air a mheas mar a bhith aig an t-aon ìre ri an luach cothromach.

The carrying value of cash and cash equivalents is assumed to approximate to their fair value.

Tha an luach toirt air adhart às aonais ullachadh lùghdachaidh ann an suimean malairt ri thighinn a-steach agus rim pàigheadh air am meas mar a bhith aig an t-aon ìre ri an luach cothromach.

The carrying value less impairment provision of trade receivables and payables are assumed to approximate their fair value.



## 20

### GNÌOMH-MALAIRT PÀRTAIDH CO-CHEANGAILTE | RELATED PARTY TRANSACTIONS

Tron bhliadhna is iad na h-aon ghnìomhan-malairt co-cheangailte ri pàrtaidh, pàigheadh bhall mar a tha sin air a mhìneachadh ann an nota 8.

The only related party transactions during the year were members' remuneration as detailed in note 8.

**Bha Na  
Trads 2017 a'  
treandadh air  
Twitter air  
feadh na RA, air  
thoiseach air  
Strictly Come  
Dancing air  
BBC One**




# TUILLEADH

## Additional Information


# FIOSRACHAIDH

Riarachadh Phàighidhean gu Prògraman TBh & Leasachadh Phrògraman TBh, 2017 | 18  
 Allocation of TV Programme & TV Programme Development Payments, 2017 | 18



90

Faodar an riarachadh seo a sgrùdadh mar a leanas:  
 This allocation can be further analysed as follows:



## Roinneadh na Maoine, 2017 | 18

### Allocation of the Fund, 2017 | 18

Prògraman TBh, Rèidio & Air-loidhne	TV Content, Radio & Online	88.3%	
Cosgaisean Obrachaidh	Operating Costs	6.6%	
Trèanadh	Training	2.2%	
Rannsachadh	Research	0.7%	
Leasachadh	Development	0.9%	
Cosgaisean Obrach Luchd-ùidhe	Stakeholder Engagement Costs	0.4%	
Cosgaisean nam Ball	Members' Costs	0.5%	
Sanasachd & Margaidheachd	Promotions & Marketing	0.2%	
Cosgaisean Obrachaidh na Seanail	Channel Operating Costs	0.2%	

91

## Pàighidhean riochdachaidh a rèir Gnè Phrògraman, 2017 | 18

### Production payments by Programme Genre, 2017 | 18

GNÈ GENRE	2017   18 COSGAIS 2017   18 SPEND £	UAIREAN CO-IONNAN EQUIVALENT HOURS	COSGAIS SAN UAIR COST PER HOUR £
Na h-Ealain & Dibhearsain Arts & Entertainment	1,290,601	44.56	28,966
Clann Children	605,745	57.49	10,537
Dràma & Comadaidh Drama & Comedy	1,358,048	3.86	351,386
Aithriseachd Factual	4,047,140	131.03	30,887
Spòrs Sport	2,469,704	195.17	12,654
Rèidio Radio	25,000	8.7	2,885

# LUCHD-OBACH

## Staff

### ÀRD-STIÙIRICHEAN | SENIOR MANAGEMENT



Dòmhnall Caimbeul | Àrd-Oifigear  
Donald Campbell | Chief Executive



Niall M Greumach | Stiùiriche Ionmhais  
Neil M Graham | Director of Finance

92

### CORPORRA & IONMHAS | CORPORATE & FINANCE

Donaidh Dòmhnallach | Manaidsear Gnìomhachais  
Donnie MacDonald | Business Affairs Manager

Catriona Màiri Neally | Oifigear Gnìomhachais  
Catriona Màiri Neally | Business Affairs Executive

Màiri Anna NicAonghais | Manaidsear Gàidhlig & Gnòthaichean Corporra  
Mary Ann MacInnes | Gaelic & Corporate Affairs Manager

Nicola Pearson | Cunntasair  
Nicola Pearson | Management Accountant

### RIANACHD & GOIREASAN | ADMINISTRATION & FACILITIES

Calum Moireasdan | Neach-glèidhidh  
Calum Morrison | Caretaker

Graham Moireasdan | Neach-taic Ghoireasan  
Graham Morrison | Facilities Assistant

Màiri Ross | Neach-fàilteachais  
Màiri Ross | Receptionist

Marina NicDhòmhnaill | Manaidsear Oifis  
Marina MacDonald | Office Manager



Iseabail Nic an t-Sagairt | Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd  
Iseabail MacTaggart | Director of Strategy & Partnership

## PRÒGRAMAN & LEASACHADH | CONTENT & DEVELOPMENT

Mairead Chamshron | Deasaiche Seanail

Margaret Cameron | Channel Editor

Sandra Corbett | Oifigear Leasachaidh

Sandra Corbett | Development Officer

Charissa Gray | Neach-cuideachaidh a' Chlàir

Charissa Gray | Scheduling Assistant

Uilleam MacLeòid | Deasaiche Coimiseanaidh

Bill MacLeod | Commissioning Editor

Murchadh MacSuain | Manaidsear Conaltraidh

Murdo MacSween | Communications Manager

Viktoria Marker | Oifigear Rannsachaidh agus Dealbhachaidh LearnGaelic

Viktoria Marker | LearnGaelic Research & Design Executive

Michelle Mhoireasdan | Neach-taic Seanail

Michelle Morrison | Channel Assistant

Siobhan NicAonghais | Preasantair & Neach-cuideachaidh nam Meadhanan Didseatach

Siobhan MacInnes | Presenter & Digital Hub Assistant

Fiona NicChoinnich | Manaidsear an Aonaid Dhidseataich

Fiona MacKenzie | Digital Hub Manager

Ruth NicChoinnich | Riochdaire Didseatach

Ruth Mackenzie | Digital Producer

Donna NicDhòmhnaill | Leabharlannaiche nam Meadhanan

Donna MacDonald | Media Librarian

Ceiltin L R Nic A' Ghobhainn | Preasantair & Neach-cuideachaidh nam Meadhanan Didseatach

Ceiltin L R Smith | Presenter & Digital Hub Assistant

Kathryn NicLeòid | Co-òrdanaiche Dreach na Seanail

Kathryn MacLeod | Presentation Co-ordinator

Katie NicLeòid | Oifigear nam Meadhanan Didseatach

Katie MacLeod | Digital Media Officer

Laura NicLeòid | Neach-cuideachaidh a' Chlàir

Laura MacLeod | Scheduling Assistant

Magaidh Nic an Tàilleir | Manaidsear Clàr-phrògraman

Maggie Taylor | Scheduling Manager

## TEICNEÒLAS & OBRACHADH | TECHNOLOGY & OPERATIONS

Iain MacGilliosa | Manaidsear Obrachaidh (ICT)

Iain Gillies | Operations Manager (ICT)

Ivor MacCoinnich | Oبراiche Teicneòlais

Ivor MacKenzie | Operations Technician

Tormod MacLeòid | Oبراiche Shealbhan nam Meadhanan

Tormod MacLeod | Media Asset Technician

Ùisdean MacLeòid | Manaidsear Obrachaidh (Teicneòlas)

Ùisdean MacLeod | Operations Manager (Technology)

Ridseard McHale | Manaidsear Obrachaidh (Goireasan)

Richard McHale | Operations Manager (Resources)

Cailean Moireach | Oبراiche Teicneòlais

Colin Murray | Operations Technician

Conor Dòmhnallach | Oبراiche Teicneòlais

Conor MacDonald | Operations Technician

Ged Yates | Deasaiche Cruthachail

Ged Yates | Creative Editor



# BUILL A' BHÙIRD

Board members & term dates

# & TEIRM NAM BALL



**Magaidh Choineagan**  
Cathraiche a' Bhùird

Maggie Cunningham | Board Chairperson

1/7/16-30/9/18 (resigned on 11/6/18)



**Jo NicDhòmhnaill**  
Cathraiche, Comataidh Inbhean

Jo MacDonald | Chair, Standards  
Committee

1.5.16 - 30.4.20



**Daibhidh Brew**  
Cathraiche, Comataidh Sgrùdaidh &  
Dearbhaidh

David Brew | Chair, Audit & Assurance  
Committee

1.5.16 - 30.4.20



**Iain Stephen Moireasdan**

Iain Stephen Morrison

10.8.15 - 9.8.19





**Catriona Nic a' Phi**

Catriona MacPhee

1.5.18 - 30.4.22\*



**Donaidh MacAmhlaidh**

Donnie MacAulay

1.5.18 - 30.4.22\*



**Dùghall MacAmhlaigh**

Dugald MacAulay

1.9.16 - 31.8.20



**Màiri Kidd**

1.5.16 - 30.4.20



**Calum MacFhearghais**

Calum Ferguson

1.5.16 - 30.4.20



**Làthaireachd aig coinneamhan**

Attendance at meetings

	Bòrd	Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh	Comataidh Inbhean
Magaidh Choineagan	5/5	-	4/4
Daibhidh Brew	4/5	4/4	-
Màiri Kidd	4/5	3/4	-
Dùghall MacAmhlaigh	3/5	2/4	-
Donaidh MacAmhlaidh	4/5	4/4	-
Jo NicDhòmhnaill	5/5	-	4/4
Calum MacFhearghais	4/5	-	3/4
Catriona Nic a' Phi	5/5	-	4/4
Iain Stephen Moireasdan	4/5	-	2/4

\*re-appointed for second term

# COMHAIRLICHEAN

## Advisors

### LUCHD-LAGHA: SOLICITORS:

Wright, Johnston &  
Mackenzie LLP  
Kintail House  
Beechwood Park  
Inverness  
IV2 3BW

### BANCAICHEAN: BANKS:

Royal Bank of Scotland  
17 North Beach Street  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2XH

Bank of Scotland  
47 Cromwell Street  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2DE

### LUCHD-SGRÙDAIDH: AUDITORS:

Deloitte LLP  
Saltire Court  
20 Castle Street  
Edinburgh  
EH1 2DB

96

## FIOS Contact Details

# THUGAINN

### MG ALBA

Rathad Shìphoirt  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2SD

Fòn: 01851 705550

Post-d: [fios@mgalba.com](mailto:fios@mgalba.com)  
Làrach-lìn: [www.mgalba.com](http://www.mgalba.com)

### MG ALBA

Seaforth Road  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2SD

Phone: 01851 705550

E-mail: [fios@mgalba.com](mailto:fios@mgalba.com)  
Website: [www.mgalba.com](http://www.mgalba.com)

 [facebook.com/gaelicmedia](https://facebook.com/gaelicmedia)

 [@gaelicmedia](https://twitter.com/gaelicmedia)

Is e MG ALBA ainm gnìomh Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.  
MG ALBA is the operating name of Gaelic Media Service.

Cover: Belladrum 2017, BBC Gàidhlig © Lynne Goodwin  
Gàidhlig Obar Dheathainn, Midas Media © MG ALBA  
FilmG, Cànan Graphics Studio © Alan Peebles

1. Camanachd Beò © Neil G Paterson
2. © Shutterstock
3. Ceathrar air a' Chuiltheann, Magic B © Magic B/MG ALBA
4. FilmG, Cànan Graphics Studio © Stuart Nicol Photography
5. MG ALBA social media © MG ALBA
6. Belladrum 2017, BBC Gàidhlig © Lynne Goodwin
7. Talla Sheòrais, Solus Productions © Solus Productions/MG ALBA
8. Mach à Seo!, CaledoniaTV © MG ALBA
9. Dealbhan Fraoich, CaledoniaTV © MG ALBA
10. Skipinnish aig Barrowland, Bees Nees Media © MG ALBA
11. DIY le Donnie, BBC Gàidhlig © BBC/MG ALBA
12. Dhan Uisge, BBC Gàidhlig © BBC/MG ALBA
13. MG ALBA social media © Murdo MacSween
14. FilmG, Cànan Graphics Studio © Alan Peebles
15. Gàidhlig Obar Dheathainn, Midas Media © MG ALBA
16. Sùlaisgeir: An t-Sealg, MacTV © MG ALBA
17. Belladrum 2017, BBC Gàidhlig © Lynne Goodwin
18. Na Trads, Bees Nees Media © Louis DeCarlo
19. Scottish Junior Cup Final, NemetonTV © Rae Irvine
20. Seòid a' Chidsin, Moja Ltd © Moja Ltd/MG ALBA
21. Mystique no 375, Sorbier Productions Ltd © Sorbier Productions Ltd/MG ALBA
22. Donnie Murdo, Fremantle/BBC/Solus Productions © BBC and Fremantle Media Limited MMIX
23. Fitheach/Raven, BBC Gàidhlig © MG ALBA
24. Ceathrar air a' Chuiltheann, Magic B © Magic B/ MG ALBA
25. IRN-BRU Cup Final, Nemeton TV © SNS Group
26. Vlog a' Mhòid © Ceitlin L R Smith
27. Leugh le Linda, BBC Gàidhlig © BBC/MG ALBA
28. FilmG, Cànan Graphics Studio © Stuart Nicol Photography
29. Na Trads, Bees Nees Media © MG ALBA
30. Steòrnabhagh gu Serbia - Smàladh an Teine, MacTV © MG ALBA
31. FilmG, Cànan Graphics Studio © Stuart Nicol Photography
32. 2017 NatWest Island Games in Gotland, Sweden © Iain 'GG' Campbell
33. 2017 NatWest Island Games in Gotland, Sweden © Euan Macleod
34. 2017 NatWest Island Games in Gotland, Sweden © Euan Macleod
35. Kerry is Kirsty, CaledoniaTV © MG ALBA
36. Kerry is Kirsty, CaledoniaTV © MG ALBA
37. LearnGaelic © MG ALBA
38. Bannan, Young Films © Young Films/MG ALBA

Photographs of MG ALBA staff and board, Richard Campbell

Taic eadar-theangachaidh – Anna NicSuain  
Translation support – Annie MacSween

Dealbhte le/Designed by Cànan Graphics Studio, [www.canan.co.uk](http://www.canan.co.uk)



A' toirt  
Gàidhlig  
thugaibh

